Coisir a' Mhòid

The Mod Collection of Gaelic Part Songs 1896-1912

PUBLISHED FOR AN COMUNN GAIDHEALACH
BY
J. AND R. PARLANE, PAISLEY.

STAFF. 1/- net.

Blair. 351.

COISIR A MHÒID

THE MÒD COLLECTION

OF

GAELIC PART SONGS

1896—1912.

ALEX. MACLAREN & SON,
GAELIC BOOKSELLERS.
360 ARGYLE ST., GLASGOW.

COISIR A MHÒID

The Mòd Collection

OF

GAELIC PART SONGS

1896—1910.

PUBLISHED FOR AN COMUNN GAIDHEALACH

BY

J. AND R. PARLANE, PAISLEY.

JOHN MENZIES AND CO., LTD., EDINBURGH AND GLASGOW.

JOHN MACLEAN, SECRETARY OF AN COMUNN GAIDHEALACH,
108 HOPE STREET, GLASGOW.

A. M'LAREN AND SON, 360 AND 362 ARGYLE STREET, GLASGOW.

30 MY
1958

PREFACE.

This book is a collection of the principal test songs set for Choral Competitions at the Mod from 1896 to 1910 These have all been specially harmonised by competent Scottish Musicians, to whom the cordial thanks of An Comunn Gàidhealach and of all who love the Songs of the Highlands, are due for their valuable services in thus helping forward the cultivation and development of Gaelic Choral Music.

The words and melodies have been carefully selected and edited by the Mod Syllabus Committee, known in more recent years as the Mod and Music Committee.

It is hoped that this collection of the best Gaelic Music suited for choral treatment, will prove serviceable to the numerous Gaelic Choirs now existing in the country, and may further stimulate the growing enthusiasm for the beautiful folk songs of the Gael.

M. N. MUNRO, M.A.,
Convener, Mod and Music Committee.

INDEX.

	PAGE
Am Faigh a' Ghàidhlig Bàs	12
Am Fonn	5
Am Fiadh	20
Am Muileann Dubh	21
An Cóineachan	37
An téid thu leam a righinn òg	51
An t-Ailleagan	6
Bail' Ionbhar-Aora	14
Buain na Rainich	44
Cagaran Gaolach	43
Cha dìrich mi Bruthach	41
Chì mi na mòr-bheanna	2
Creag Ghuanach	40
Cuachag nan Craobh	35
Cuir a Chinn Dìlis	32
Cumha Mhic Criomain	7
Fàilte do 'n Eilean Sgitheanach	42
Fear a' Bhàta	13
Fhir a dhìreas am Bealach	36
Foghnan na h-Alba	29
"French"	55
Hó ! mo leannan	21
Hóro, mo chuid chuideachd thu	16
Hug ó laithill ohoro	18
Hùgaibh air nighean donn nam meall-shul	27
Is toigh leam a' Ghàidhealtachd	53
Is trom leam an àirigh	46
Iul an Eileanaich	31
Laoidh Oisein do'n Ghréin	33
Laoidh na Rioghachd	45
Màili bheag òg	39
Màiri bhàn òg	4
Màiri bhàn òg (Male Voices)	38
Mac Griogair o Ruadh-shruth	22
Mac òg an Iarla Ruaidh	54
Mo Chailin Dìleas Donn	15
Mo dhachaidh	1
Mo Dhòmhnullan fhéin !	3
Mo Ghille Dubh	25
Mo Roghainn a' Ghàidhlig	30
Mo shuil a'd dhéigh	47
Na Gàidheil an Guaillibh a chéile	8
Och nan Och ! 's mi fo léireadh	50
Oidhche Mhath Leibh	52
Òran an ainm Iain Mhic Eachainn	11
Òran mòr Mhic Leoid	17
O, till, a leannain !	19
Ri Guaillibh a' Chéile	34
'S i luaidh mo chagair, Mòrag	28
Suas leis a' Ghàidhlig	10
'S neo-shunndach leam m' aigne	24
Taobh Abhainn Aora	49
Thogainn fonn air Lorg an Fhéidh	48
Thug mi Gaol do 'n Fhear bhàn	26

Mo Dhachaidh.

Words by MALCOLM MAC FARLANE. Harmonised by W. H. MURRAY.

SEISD. *Cheerily.*

Seinn hìribh o, hiùraibh o, hùgaibh o hì, So agaibh an obair bheir togail fo m' chrìdh',

Bhi' stiùradh mo chasan do m' dhachaidh bhig fhìn, Air crìochnachadh saothair an là dhomh.

RANN.

Seall thall thar an aiseig, am fasgadh nan craobh, Am bothan beag glan ud, 's e gealaicht' le aol;

Siod agaibh mo dhachaidh—'si dachaidh mo ghaoil, Gun chaisteal 'san t-saoghal a's feàrr leam.

2 Tha maise an àite ag àrdach' a luach;
Tha 'n t-sòbhrag 's an neòinean a' còmhdach nam bruach;
Tha toman 'ga dhìonadh o shìon an taobh-tuaith;
'S mu 'n cuairt air tha cluanagan àillidh.
Seinn hìribh o, etc.

3 Tha nàdur 'san àit' ud a ghnàth 'cur ri ceòl;
Mur e 'n smeòrach 'san duilleach 'se 'n uiseag 's na neòil;
'Se caochan an fhuarain a' gluasad troimh 'n lòn,
No Mòrag ri crònan do 'n phàisde—
Seinn hìribh o, etc.

4 Mo dhùrachd 's mo bheannachd dhuit, bheanag na loinn!
'Tha 'fritheal mu m' fhàrdaich 's ag àrach' mo chloinn;
Do chridhe 's do nàdur gun àrdan gun fhoill,
'Us caoimhneas a' boillsgeadh 'nad bhlàth-shuil.
Seinn hìribh o, etc.

5 Air falbh uam a' mhòrchuis, an t-òr agus cliù:
Cha 'n 'eil annta ach faoineas 'us saobh-ghloir nach fhiù;
Cha 'n fhàgainn mo dhachaidh 's bean-chagair mo rùin,
Gu bhi' sealbhachadh lùchairt le bàn-righ'nn.
Seinn hìribh o, etc.

Chi mi na Mor-bheanna.

Words by
JOHN CAMERON, Ballachulish.

Arranged by
JOHN BELL, Mus. Doc.

CHORUS. *In Slow March style.*

O chì, chì mi na mòr - bheanna, O chì, chì mi na còrr - bheanna,

O chì, chì mi na coireachan, Chì mi na sgòran fo cheò. FINE.

VERSE.

1 Chì mi gun dàil an t-àite 'san d' rugadh mi, Cuirear orm fàilte 'sa chànain a thuigeas mi,
3 Chì mi na coilltean, chì mi na doireachan, Chì mi na màghan bàna a's toraiche,
5 Fàgaidh mi ùpraid, sùrd agus glagarsaich, Dh' fhaicinn an fhuinn anns an cluinnteadh a' chagarsaich,

D.C. for CHORUS.

Gheibh mi ann aoidh agus gràdh 'nuair ruigeam Nach reicinn air tunnachan òir.
Chì mi na féidh air làr nan coireachan, Falaicht' an trusgan de cheò.
Fàgaidh mi cùirtean dùint' agus salach, A dh' amharc air gleannaibh nam bò.

VERSE.

2 Chì mi a' ghrian ann an liath nam flaitheanas, Chì mi 'san iar a clar 'nnair laidheas i;
4 Beanntaichean àrda is àillidh leacainnean, Sluagh ann an còmhnuidh a's còire cleachdainnean,
6 Fàilt' air na gorm mheallaibh tholmach thulachnach, Fàilt' air na còrr-bheannaibh mòra mulanach,

D.C. for Chorus.

é é é
Cha'n ionnan 's mar tha i a ghnàth anns a' bhaile so 'N deatach a' falach a glòir.
'S aotrom mo cheum a' leum g'am faicinn, 'Us fanaidh mi tacan le deòin.
Fàilt' air na coillean, 'us fàilt' air na h-uile, O! 's sona bhi 'fuireach 'nan còir.
à à à
ò ò ò

Mo Dhomhnullan fhein!

Words by NEIL M'LEOD. Harmonised by H. G. CLEMENTS, Oban.

With feeling.

'N uair' chruinn' cheas an òigridh Gu mire 's gu sòl - as, Bidh mis - e 'nam òn - ar 'San t-seòmar gun ghleus;

A' cuimhneachadh còmhraidh An fhleasgaich a leòn mi, 'S an gaol 'thug mi òg do Mo Dhòmhnullan fhéin.

2 Tha m' athair 's mo mhàthair
Ri gearan 's ri cànran,
'S a' cantainn nach fheàrr mi
Na pàisde gun chéill,
Mo ghaol 'thoirt a dh' òigfhear
'Tha daonnan a' seòladh,
'S a sgaoileas a stòras
Gun ghò ris gach té.

3 Ged 'gheibhinn fear chruachan
Le pailteas mu 'n cuairt da,
Gun toirt aig an t-sluagh dheth,
Gun suairceas 'na ghnè;
Ciod e 'ni e dhòmhsa
Na chunntadh e dh' òr dhomh,
'S mo chridhe le deòin aig
Mo Dhòmhnullan fhéin?

4 Tha bliadhn' agus còrr o 'n
A thriall e bho 'eòlas,
'S tha 'ìomhaigh cho beò dhomh
'S ged 'sheòladh e 'n dé;
Cha ghéill mi do dh' òigfhear,
'S cha tréig mi na bòidean
A sheulaich mi òg do
Mo Dhòmhnullan fhéin.

5 Tha dualagan bòidheach
Dhe 'chuailean 'n am phòca,
'S a dhealbh air a chòmhdach
Le òr ann an céis;
Tha' shùilean cho beò ann,
'S a ghruaidh mar na ròsan,
Ag ùrachadh dhòmhsa
Mo Dhòmhnullain fhéin.

6 'N uair dh' éireas na cuantan,
A' beucail le buaireas,
Na neòil air an ruagadh,
'Us gruaim air an speur,
Bidh mise 'n am ghòraig
Ag éisdeachd an còmhraig,
'S mo chridhe 'g a leòn mu
Mo Dhòmhnullan fhéin.

7 Am Freasdal 'bhi 'stiùireadh
Nan gaothan le ciùine,
'S a' còmhnadh mo rùin anns
Gach dùthaich 'us ceum;
'G a dhìon 'us 'g a sheòladh
Gu 'm pill e gu 'eòlas—
Gur mi 'dheanadh sòlas
Ri m' Dhòmhnullan fhéin.

Mairi Bhan Og.

Words by DUNCAN BAN MACINTYRE. Harmonised by W. H. MURRAY, G.T.S.C.

Lively, with expression.

A Mhàiri bhan òg, 'stu 'n òigh th'air m' aire, Ri m' bheò bhi far am bith'nn fhéin;

O'n fhuair mi ort còir cho mòr 's bu mhaith leam, Le pòs - adh ceangailt' o'n chléir,

Le cumhnantan teann 's le banntaibh daingeann, Le snaim a dh' fhanas, 's nach tréig,

'S e t-fhaotainn air làimh le gràdh gach caraid, 'Rinn slàint - e maireann a' m' chré.

2 Chaidh mi do'n choill' an robh croinn 'us gallain,
Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,
'S bha miann mo shùl do dh' fhiùran barraicht'
An dlùthas nam meanganan suas;
Geug fo bhlàth o 'bàrr gu talamh,
A lùb mi farasda nuas;
Bu duilich do chàch gu bràth a gearradh,
'S e 'n dàn domh 'm faillean a bhuain.

3 'S e b' fhasan leat riamh bhi ciallach, banail,
Ri gnìomh, 's ri ceanal mna-uails';
Gu pàirteach, bàigheil, blàth, gun choire,
Gun ghìomh, gun ghainne, gun chruas;
Gu déirceach, daonntach, faoilidh, farasd',
Ri daoine fanna, bochd, truagh;
Is tha mi le' d' sheòl an dòchas ro-mhath,
Gur lòn do t' anam do dhuais.

4 'Nam faighinn an dràst do chàradh daingeann
An àite falaich o'n eug;
Ge d' thigeadh e d' dhàil, 'us m' fhàgail-falamh,
Cha b' àill leam bean eil' a' d' dhéigh:
Cha toir mi gu bràth dhuit dranndan teallaich,
Mu 'n àrdaich aileag do chléibh,
Ach rogha' gach mànrain, gràdh a's furan,
Cho blàth 'sa b' urrainn mo bheul.

5 Dheanainn duit ceann, 'us crann, a's t-earrach,
An àm chur ghearran an éill,
'Us dheanainn mar chàch air tràigh na mara,
Chur àird air mealladh an éisg;
Mharbhainn duit geòidh 'us ròin, 'us eala,
'S na h-eòin air bharra nan geug;
'S cha bhi thu ri d' bheò gun seòl air aran,
'S mi chòmhnaidh far am bi féidh.

Am Fonn.

1st Prize Harmony by W. Stewart Roddie, Junr.

Beating twice to a measure.

O! siod am fonn a chual - a mi, Au uair a bha mi òg,

Mi 'n cluain ri uchd mo mhàth - ar 'S mo chridh - e 'snàmh 'na ceòl;

'S 'nuair 'chual - a mi a rith - ist e Aig nigh - inn ghil nam bò,

rall.

Gu'n thàl - aidh i mo chridh - e leis 'S mi mir - eag-aich mu'n chrò.

2 Bu tric o sin 'g a chlàistinn mi,
Mu eadradh àrd-thra nòin,
'S mi beadradh, air an àiridh,
Ri mo Mhàiri àillidh òig;
No feadh nan glacag fàileanta,
'S an tàrladh dhuinn, gun ghò,
'Bhi coinneachadh, gu mànranach,
Fo sgàilean Choill-nan-cnò.

3 Ach b' éiginn dòmhs' an àiridh
Agus Màiri 'chur air chùl,
'Us siubhal fad' o'n àite sin
'S an robh mo ghràdh 'us m' ùigh,
A sheasamh anns na blàraibh
'N aghaidh nàmhaidean ar dùthch':
'S an làtha dh' fhàg mi m' Bràighe,
Rìgh! bu chràiteach m' aigne brùit'!

4 O! siod am fonn a chuala mi,
'S a chuaileanaich mu 'm chridh',
A 's tric a dhùisg dhomh sealladh
Air mo leannan 's air mo thìr;
An uair a bhithinn airtnealach
'N am chairtealan, le sgìos,
Gu 'n taislicheadh e m' anam
'N uair a chanainn e leam fhìn!

5 Ach thog am fonn an tràth-so dhomh
Fàth cànrain agus bròin;
Oir dhùisg e ìomhaigh Màiri
'Us mo mhàthar, 's iad fo'n fhòid;
Gach caochladh agus sàrach
'Thàinig air na Gàidheil chòir,
O 'n àm 's 'n a bhuail an dàn ud mi
Le gràdh, 'n uair 'bha mi óg!

An t-Ailleagan.

Words by Dr. JOHN CLERK. Arranged by W. S. RODDIE.

Till dachaidh, till, O Aill - eagain ; Thoir leat mo thàmh 's mo shuain ; Oir

cha'n eil aon diubh nis air sgéul, O'n dh'fhalbh thu fhéin Di - luain ; Ach thuit 'nan ait - e

iar - guin mhór, Mar oidh - che dhuibh mu 'n chruaich, Nach falbh a chaoidh mur

Verses 1 to 5. D.C. *Last verse.*

till thu, chiall, Mar ghrian na maidne nuaidh. Aill - eag - an mo luaidh.

2 O'n thriall thu bhuainn tha fann-ghuth gaoil,
Mar fhaochaig taobh a' chuain,
A dòrtadh 'mach a luinneig faoin,
'S ga m' chlaoidh le caochladh duain ;
A' cur 'nam chuimhne aoin a bha,
Lan sòlais graidh gach uair,
E nis 'na aonaran gun stàth,
'S an t-Ailleagan fad' uaith.

3 Carson a rinn thu falbh cho tràth,
'Reul aillidh fàth mo dhuain,
Till dachaidh, till, tha samhradh blàth,
Air srath is àrd toirt buaidh ;
Tha'n uiseag bhras toirt as gu dàn
Gu sléibhtean bàna shuas,
'S 'gar gairm a rìs le òran gràidh,
Gu mullach àrd Dhùn-cuaich.

4 Nuair thig thu falbhaidh sinn a rìs
Mar anns an tìm chaidh bhuainn,
A suas am frith-rath'd 'g eisdeachd strith
Luchd ciùil nan teampull uain,
A nìos an gleann thig osag bhlàth,
Le gàire bhàrr nan stuadh,
'S bheir ailleachd Nàduir mosgladh mòr
Do dh' àros dorch nan smuain.

5 Is suidhidh sinn O Ailleagain,
Taobh abhainn bhlàth na fuaim,
Bidh 'm barrach òg na sgàile dhuinn
'S gach ni nar làth'r gun ghruaim,
Bidh grian an àigh a dearrsadh 'nuas
Troimh fhosgladh àrd 'san uair,
Sruth donn dol seach a' gàireachdaich,
Air grinneal's àillidh snuadh.

6 Cha labhair sinn an sin na's mò,
Le bròn, mu sgaradh cruaidh,
Ach fuadaichear gach smuain de 'n t-seòrs'
Air falbh mar cheò nan cruach.
Is gus an tréig an ceòl an sruth,
'S an tréig a guth a' chuach
Cha 'n fhaicear caochladh air ar gràdh,
'Chaomh Ailleagain, mo luaidh.

Cumha Mhic Criomain.

Slow and sustained.

Harmonised by W. H. MURRAY, G.T.S.C.

Dh' iadh ceò nan stùc mu eud - ann Chuilinn, 'Us sheinn a' bhean-shìth a torm - an mulaid,

Gorm shùil-ean ciùin 'san Dùn a' sileadh, O'n thriall thu bhuainn 's nach till thu tuille.

REFRAIN.

Cha till, cha till, cha till MacCriomain, An cog - adh no sìth cha till e tuille;

Le airgiod no nì cha till Mac Criomain, Cha till e gu bràth gu là na cruinne.

2 Tha osag nam beann gu fann ag imeachd,
Gach sruthan 's gach allt gu mall le bruthach;
Tha ealtainn nan speur feadh gheugan dubhach,
A' caoidh gu 'n d' fhalbh 's nach till thu tuille.
Cha till, cha till, etc.

3 Tha 'n fhairge fa-dheòigh làn bròin 'us mulaid,
Tha 'm bàta fo sheòl, ach dhiùlt i siubhal;
Tha gàirich nan tonn le fuaim neo-shubhach,
Ag ràdh gun d' fhalbh 's nach till thu tuille.
Cha till, cha till, etc.

4 Cha chluinnear do cheòl 'san Dùn mu fheasgar,
'S mac-talla nam mùr le mùirn 'ga fhreagairt;
Gach fleasgach 'us òigh gun cheòl, gun bheadradh,
O'n thriall thu bhuainn 's nach till thu tuille.
Cha till, cha till, etc.

Na Gaidheil an Guaillibh a cheile.

Words by
MALCOLM MAC FARLANE.

Music by
J. LINDSAY MACKAY, M.A., LL.B.

Lively and well marked.

Do làmh dhomh, a charaid, Oir 's Gaidheil a th' annainn, D' an còir a bhi 'tarruing ri chéil - e;

Is bràithreau sinn uile, 'S cha dèan e feum tuilleadh Bhi roinnte 'nar buidhinnean eud - mhor;

'Nar buaireadh air uairibh Do 'n choimheach mhi-shuairce 'Tha 'g iarraidh le cluain a thoirt beud oirnn;

rall.

Ar sreathan air fuasgladh An àit - e bhi gluasad Mar 's dùth dhuinn, an guaillibh a chéil - e.

SEISD. *a tempo.*

Thugaibh ó robha hiùiribh o éil - e! Air na Gaidheil an guaillibh a chéil - e.
Hó - ró hiùiribh o ró agus hó - ró na hug éil - e!

Hó - ró ho - ró hó - ró éil - e!



2 Tha 'chuiseag so-aomaidh
Do 'n oiteig a's faoine
Thar monadh is raon a bhios séideadh ;
Ach seall oirre sniomhte
Am meadhon an t-sìomain—
Gu 'm bacadh a rìghnead an steud-each.
Sud earail bu chòir dhuinn
'Bhi 'g aithris an còmhnuidh
'S a' tarruing as eòlas 'chum feum dhuinn—
Ma 's math leinn bhi buadhmhor,
Is fheudar bhi gluasad
Mar 's dùth dhuinn, an guaillibh a chéile.

3 Tha eachdraidh ag innseadh
Mu mhòrachd ar sìnnsir
'S gu 'n robh iad 'nan linntibh-san treunmhor ;
An cliù a thaobh dìlse
Cha leigear air dhìochuimhn'
Gus an sguirear de sgrìobhadh 's de leughadh.
Ach 's beag ni e dh' fheum dhuinn
Bhi 'luaidh air am beusan
Mur bì sinn fhéin gleusda 'chum euchdan,
Ar giùlan fior-uasal,
Ar n-onoir gun truailleadh
'S ar gluasad an guaillibh a chéile.

4 'S i tìr nam beann àrda,
'San d' fhuair sinn ar n-àrach,
An dùthaich a's àille fo 'n ghréin leinn ;
'S i 'Ghàidhlig a' chànain
A dh' ionnsuich sinn tràthail
Rì briathraibh ar màthar ag éisdeachd ;
'S e 'm fraoch bharr a' mhonaidh
Ar suaicheantas dosrach—
Có 'n Gaidheal nach nochdadh mór-spéis da !
Gach àbhaist a's dual dhuinn,
Ma 's airidh iad, suas leò !
Ach gluaismid an guaillibh a chéile.

5 Nis leagamaid mìothlachd
Is togamaid fìor-ghradh,
Is cleachdamaid dìcheall is geur-chuis
A réiteachadh cùisean
Ar cinnidh 's ar dùthcha,
Gun smaointinn air tionndadh no géilleadh ;
E mar bhóid is mar bhriath'r dhuinn,
Ma 's tràill no ma 's triath 'th' ann
'Tha 'bagairt no miannachadh beud oirnn,—
Gu 'n cas sinn a suas ris,
'Toirt buaidh as gach cruaidh-chàs
Le bhi 'gluasad an guaillibh a chéile.

By the kind permission of The Gaelic Society of London, who reserve all right of future publication.

Words by
DUNCAN REID, Glasgow.

Suas leis a' Ghaidhlig!

Melody by H. WHYTE (FIONN).
Harmonised by J. MORE SMIETON,
Dundee.

SEISD.

Togaibh i, togaibh i, cànain ar dùthcha; Togaibh a suas i gu h-inbhe ro-chliùitich;

FINE.

Togaibh gu daingeann i 's bithibh rith bàigheil. Hi horo, togaibh i; Suas leis a' Ghàidhlig!

RANN.

'S i cànain na h-òige; 's i cànain na h-aois; B' i cànain ar sinnsir; b' i cànain an gaoil;

D.C.

Ged tha i nis aosd, tha i reachdmhor is treun; Cha do chaill i a clìth; 's cha do striochd i fo bheum.

2 Tha mòr-shruth na Beurla a' bagradh gu cruaidh
Ar cànain 's ar dùthchas a shlugadh a suas;
Ach seasaibh gu dìleas ri cànain ur gaoil,
'S cha 'n fhaigh i am bàs gu ruig deireadh an t-saogh'l.
Togaibh i, etc.

3 A dh' aindeoin gach ionnsuidh a thugadh le nàmh
A chòirichean prìseil a spùinneadh o'n Ghaidheal,
Cha lasaich e chaoidh gus am faigh e a' bhuaidh
Thar gach mì-run is eucoir a dh' fhaodas a ruaig.
Togaibh i, etc.

4 O, togaibh ur guth as leth cànain nam beann,
Is cluinnteadh a fuaim air feadh mhonadh is ghleann;
Ard-sheinnibh a cliù ann am bàrdachd 's an oeòl,
'S na leigibh le coimhich a masladh r' ar beò.
Togaibh i, etc.

5 A chlanna nan Gaidheal! bithibh seasmhach is dlùth,
Ri guaillibh a chéile a' cosnadh gach cliù;
O, seasaibh gu gaisgeil ri cànain ur gràidh
'S na tréigibh a' Ghàidhlig a nis no gu bràth.
Togaibh i, etc.

6 O, togaibh a bratach gu h-àrd anns an tìr,
'S biodh litrichean maireannach sgrìobht' air gach crìdh':
Cha tréig sinn a' Ghàidhlig, 's cha chaill i an deò;
Cànain mhùirneach ar dùthcha, cha tréig sinn r' ar beò.
Togaibh i, etc.

Oran an ainm Iain Mhic Eachainn.

Harmony by
J. Lindsay Mackay, M.A., LL.B.

Slowly.

'S aon - ar - ach a tha mi 'm bliadhna, 'S tha mi cianail air a shon-a,

'Tion - ail achaidh - nean air bràigheach, 'S féidh air fàsach bhàrr na bh'orra.

'S gàbhaidh'n roinn-s' tha 'm buill an anma ; Pàirt diubh leanmhuinn air gach cor - a,

Lean mo thuigse sionn ri m' fheum, Is thàir an fhéill dhi féin a toile.

2 'S luaineach, mion-chorrach mo dhùsgadh,
'G iarraidh naigheachd ùir gach fir-e ;
Suain cha 'n fhaigh mi air an rian so,
Deoch no biadh, cha 'n iarr 's cha sir mi ;
'S gann gu 'n cluinn mi phàirt tha làmh rium
Nuair is àirde 'n gàir 's an gean-a,
Cuimhneachadh bhi òg air féilltibh,
Sealltainn as mo dhéigh, 's mi sean-a.

3 Ach, Hùistein, cluich a réir do chéille,
Dean-sa t' fheur ri gréin 'na teas-a,
'S cuimhnich nach'eil neart an daoinibh
Nach toir beagan tim air ais uath' ;
Cuimhnich orm-sa la Féill-Micheil,
'M bùthan dìthreibh fo bhun phreas-a,
'S m' aigneadh féin cho trom ri luaidh
Air son bhi tuath 'nuair tha thu deas-a.

Am Faigh a' Ghaidhlig Bàs?

Words by NEIL MACLEOD.

Melody by MALCOLM MAC FARLANE.
Arranged by W. S. RODDIE.



Tha mòr - an sluaigh am beachd an diugh Nach 'eil ar càn - ain slàn;



Nach fhad - a chluinnear fuaim a guth, Nach téid i 'chaoidh na 's feàrr;



Gu 'm bheil an aont' a bh' aic air ruith, Nach tog i ceann gu bràth;



'S a dh'aindeoin buaidh Mhic - 'Ill - e-Dhuibh, Gu'm faigh a' Ghàidhlig bàs.

2 Tha sìol nan sonn 'g an cur air chùl,
'S am fearann 'g a chur fàs;
Tha féidh is caoraich air gach stùc
Mu'n robh na laoich a' tàmh;
Tha cinneach eil' air teachd do 'n ùir,
'S ag éirigh suas 'nan àit',
Tha toirt am bóidean air gach dùil
Gu'm faigh a' Ghàidhlig bàs.

3 An leig sinn eachdraidh chaomh ar tìr
A sgrìobadh de gach clàr,
'S a' Ghàidhlig chòir a chur a dhìth
Le linn nach tuig a gnàth's?
A' chànain aosda, ghlòrmhor, bhinn,
A dhùisgeadh fuinn nam bàrd,
Am fan sinn dìomhanach gun suim,
Is daoi 'g a cur gu bàs?

4 Dùisg suas, a Ghàidhlig, 's tog do ghuth;
Na biodh ort geilt no sgàig;
Tha ciadan mìle dìleas duit
Nach dìobair thu 'sa bhlàr;
Cho fad 's a shiùbhlas uillt le sruth,
'S a bhuaileas tuinn air tràigh,
Cha 'n aontaich iad an cainnt no 'n cruth
Gu 'n téid do chur gu bàs.

5 A' chainnt a dh' fhoillsich cliù nam Fiann,
'S an gaisge dian 's gach càs;
Tha 'n euchdan iomraiteach o chian
Ag àrach miann 'n an àl;
Na leóghainn threun nach d' thug le fiamh
An cùlthaobh riamh do nàmh,
Tha ioma gleann is cnoc is sliabh
A' luaidh air gnìomh an làmh.

6 Ach buaidh is piseach air na laoich
Tha seasmhach air a sgàth,
'Chaidh àrach ann an tìr an fhraoich,
Ge sgaoilt' an diugh an àl;
Ged chaidh an sgapadh air gach taobh,
Cha chaochail iad an gnath's;
Cha 'n fhàs an eachdraidh lag le aois,
'S cha 'n fhaigh a' Ghàidhlig bàs.

7 Ach togaidh i le buaidh a ceann,
Le aoibhneas nì i gàir;
A teudan gleusaidh i gu teann
Le cridhe taingeil, làn;
Gu 'n cluinn mac-talla feadh nan gleann
Gach doire 's allt cur fàilt',
'S an osag chiùin air bhàrr nam beann
A' giùlan fonn a dàin.

Fear a' Bhata.

For Ladies' Voices. Arranged by W. S Roddie.

Seisd. *Slow.*

Fhir a' bhàt - a na hò - ro éil - e, Fhir a' bhàt - a na hò - ro éil - e;

Fhir a' bhàt - a na hò - ro éil - e, Mo shoraidh slàn leat's gach àit' an téid thu.

Rann.

'S tric mi sealltuinn o'n chnoc a's àir - de, Dh' fheuch am faic mi fear a' bhàt - a;

An tig thu'n diugh no an tig thu 'màireach, 'S mur tig thu idir, gur truagh a tà mi.

2 Tha mo chridhe-sa briste, brùite :
'S tric na deòir a' ruith o m' shùilean :
An tig thu'n nochd, no 'm bi mo dhùil riut?
No 'n dùin mi 'n dorus, le osna thùrsaich?
Fhir a' bhàta, na hòro eile, etc.

3 'S tric mi foighneachd de luchd nam bàta,
Am fac iad thu, no'm bheil thu sàbhailt :
Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràitinn,
Gur gòrach mise, ma thug mi gràdh dhuit.
Fhir a' bhàta, na hòro eile, etc.

4 Gheall mo leannan domh gùn de'n t-sìoda ;
Gheall e sìod agus breacan rìomhach ;
Fàinn' òir anns am faicinn ìomhaigh ;
Ach 's eagal leam gu'n dean e dì-chuimhn'.
Fhir a' bhàta, na hòro eile, etc.

5 Thug mi gaol duit 's cha 'n fhaod mi àicheadh ;
Cha ghaol bliadhna, 'us cha ghaol ràithe ;
Ach gaol a thòisich 'nuair bha mi 'm phàisde,
'S nach searg a chaoidh, gus an claoidh am bàs mi.
Fhir a' bhàta, na hòro eile, etc.

6 Bidh mi tuille gu tùrsach, deurach,
Mar eala bhàn 's i an déigh a reubadh ;
Guileag bàis aic' air lochan feurach,
'Us càch gu léir an déigh a tréigsinn.
Fhir a' bhàta, na hòro eile, etc.

Words by
JOHN MACFADYEN, Glasgow.

Bail' Ionbhar-Aora.

(The Inveraray Wedding.)

Harmony by
JOHN BELL, Mus. Doc

CHORUS. *pp* *Moderato.* *p*

à
Bha mi air banais am Bail' Ionbhar-Aor - a; Bha mi air ban - ais am Bail' Ionbhar - Aor - a;
é
ò

m *f* FINE.

à
Chaidh mi gu ban - ais le cuideachd o'n bhaile, 'S gu'n d' fhuair mi mo leannan am Bail' Ionbhar - Aor - a.
é
ò

VERSE.

An toiseach an Earraich, 's mo lion air an fharadh, 'S mi 'm chlaoidh leis an fhadal, gun ealain, gun saothair,

D.C.

Gu'n d'thàinig an rath - ad fear - cuir - idh o m' charaid 'Gam iarr-aidh gu ban-ais am Bail' Ionbhar-Aor - a.

2 'Sa mhaduinn mu 'n d' fhàg mi, b'i earail mo mhàthar :
"Bi stuama, bi càirdeil 'nad nàdur, a laochain ;
Rach sgiobalta, sgoinneil 'nad éideadh 's 'nad anart
Mu 'm bi thu 'nad mhasladh dhomh 'm Bail' Ionbhar-Aora."—Bha mi air, etc.

3 Nuair thog sinn ri bruthach gu h-uallagach iollagach,
Oigridh air mhire, troimh fhireach is aonach,
Bu shunndach ar caithream thar mòinteach is ghleannan,
'S a' phìob a' toirt langan air "Bail' Ionbhar-Aora."—Bha mi air, etc.

4 Am shùilean-s' bha aillse an dreach bean-na-bainnse,
Is cròilean nam maighdeann ri aoibh air gach taobh dhi ;
Cha seallainn ri barrachd aig baintighearna fearainn
An caisteal Mhic Cailein am Bail' Ionbhar-Aora.—Bha mi, etc.

5 Nuair thòisich an dannsadh ri fidhill na seann-ruith
Cuir shiùbhlach, gu 'm b'fhonnar a pong-ghearradh aotrom ;
Dh' fhògradh gach smalan le sòlas a' chaidrimh
Is bòidhchead nan ainnir am Bail' Ionbhar-Aora.—Bha mi air, etc.

6 'S ann sheas i mu 'm choinnimh, 's a' chlàiridh fo 'r bonnaibh,
A' mhàldag ghlan shomalta, thogarrach, aoidheil ;
Rinn rib' o sùil dhearcaich mo chridhe-sa ghlacadh,
Mar lion mu na bradain an caisil na h-Aora.—Bha mi air, etc.

7 Gach taobh ni mi gluasad, ma 's deas no ma 's tuath e,
Gur caochlaideach luaineach mo smuaintean-sa daonnan ;
Bheir eòinean a' mhachair is faoileag na mara
'Nam chuimhne mo chaileag tha 'm Bail' Ionbhar-Aora.—Bha mi air, etc.

8 Ach, bheir mi mo ghealladh dhuibh, òigridh a' bhaile,
Ged 's ann ann an cagar nach canainn ri daoine,
Ma shnàmhas an sgadan am bliadhna mar 's math leinn,
Bheir mise dhuibh banais am Bail' Ionbhar-Aora.—Bha mi air, etc.

Words by
HECTOR M'KENZIE, Lochbroom.

Mo Chailin Dileas Donn.

Harmonised by
WILLIAM H. MURRAY.

Andante.



2 Gur muladach a tà mi,
'S mi nochd air àird a' chuain,
'S neo-shunndach mo chadal dhomh,
'S do chaidreamh fada bhuam ;
Gur tric mi ort a' smaointeach',
As t'aogais tha mi truagh,
Is mur a dean mi t'fhaotainn
Cha bhi mo shaoghal buan.

3 Sùil chorrach mar an dearcag
Fo'n rosg a dh'iathas dlùth,
Gruaidhean mar an caorann
Fo'n aodann tha leam ciùin—
Mur d'aithris iad na breugan
Gu'n d'thug mi féin duit rùn,
'S gur bliadhna leam gach latha
Bho'n uair a dh'fhàg mi thu.

4 Tacan mu'n do sheol sinn,
Is ann a thòisich càch,
Ri innseadh do mo chruinneig-sa
Nach tillinn-sa gu bràth ;
Na cuireadh siod ort gruaimean,
A luaidh, ma bhios mi slàn,
Cha chum dad idir uait mi
Ach saighead chruaidh a' bhàis.

5 Tha'n t-snaim a nise ceangailte,
Gu daingeann is gu teann,
'S e their luchd na fanaid rium
Nach 'eil mo phrothaid ann—
Am fear aig am bheil fortan,
Tha crois aige 'n a cheann.
'S tha mise tamgeil, toilichte,
Ged tha mo sporan gann.

Horo, mo chuid chuideachd thu.

A' chomh-sheirm le W. Moodie.

Seisd.

Hó - ro mo chuid chuideachd thu, Gur mul - ad - ach leam uam thu; Hóro mo chuid

chuideachd thu, 'S mi dìreadh bheann is uchdannan, Gu'm b'ait leam thu bhi cuide rium, 'S do

Fine. Rann.

chudtrom air mo ghual - ainn. Nuair chaidh mi do Ghleann Lòch - aidh 'S a cheannaich mi Nic

Da Capo, al Fine.

Còis - eam, Is mise nach robh gòr - ach Nuair thug mi' n t-òr g'a fuasg - ladh.

2 Thug mi 'Choire-cheathaich thu
Nuair bha mi féin a' tathaich ann;
Is tric a chuir mi laidhe leat
Na daimh 's na h-aighean ruadha.
Hóro, etc.

3 Thug mi thu 'Bheinn Dòbhrain
An cinneadh na daimh chròcach;
Nuair theannadh iad ri crònan,
Bu bhòidheach leam an nuallan.
Hóro, etc.

4 Ghiùlain mi 'Ghleann-éite thu;
Is thog mi ris na Créisean thu;
'S a mheud 's a thug mi spéis duit,
'S e dh'fhàg mo cheum cho luaineach.
Hóro, etc.

5 Thug mi 'Làraig-ghartain thu,
O 's àluinn an coir'-altruim i,
'S na féidh a' deanamh leabaichean
Air creachann ghlas a' Bhuachaill'.
Hòro, etc.

6 Thug mi 'Bheinn-a'-chaorach thu,
A shireadh bhoc is mhaoiseach;
'S cha b'eagal gun am faotainn,
'S iad daonnan 'san Torr-uaine.
Hóro, etc.

7 Nuair théid mi ris a' mhunadh,
'S tu mo roghainn de na gunnachan;
O'n fhuair thu féin an t-urram sin,
Co nis a chumas uat mi?
Hóro, etc.

Oran mor Mhic Leoid.

A' chomh-sheirm le Ailean Reid.

Chaidh a' chuibhle mu 'n cuairt; Gu'n do thionndaidh gu fuachd am blàths;

Nàile! chunna mi uair Dùn flathail nan cuach a thràigh;

Far 'm biodh tathaich nan duan, Iomadh mathas gun chruas, gun chàs:

Dh' fhalbh an latha sin uainn, 'S tha na tighean gu fuar - aidh fàs.

2 Dh' fhalbh Mac-tall' as an Dùn
'N àm sgarachdainn duinn r' ar triath,
'S ann a thachair e rium
Air seacharan bheann 'san t-sliabh;
Labhair esan air thùs:
"Math mo bharail gur tu, ma 's fior,
Chunna mise fo mhùirn,
Roimh 'n uiridh, an Dùn nan cliar."

3 "A Mhic-talla nan tùr,
'S e mo bharail gur tusa bhà
Ann an teaghlach an fhìon,
'S tu 'g aithris air gnìomh mo làmh."
"'S math mo bharail gur mi,
'S cha b' fhurasd dhomh bhi 'nam thàmh,
'G éisdeachd broslum do cheòil
Am fochar Mhic Leòid an àigh."

4 "A Mhic-talla so bha
Anns a' bhaile 'n do thàr mi m' iùl,
'S ann a nis dhuinn is léir
Gu 'm bheil mise 's tu féin air chùl.
Réir do chomais air sgeul,
O 'n 's fir-chomuinn mi-féin is tù,
Bheil do mhuinntireas buan
Aig an triath ud do 'n dual an Dùn?"

5 "Tha Mac-talla fo ghruaim
Anns an talla 'm biodh fuaim a' cheòil;
'S ionad tathaich nan cliar
Gun aighear, gun mhiadh, gun phòit;
Gun mhire, gun mhùirn,
Gun iomrachadh dlùth nan còrn;
Gun phailteas ri dàimh,
Gun mhacnus, gun mhànran beòil."

Hug o laithill ohoro.

SEISD. A' chomh-sheirm le W. S. RODDIE.

Hug ó laithill o - hor - o; Hug ó ro'n àill leibh; Hug

FINE.

ó laithill o - ho - ro; Seinn ó - ho - ro 'n àill leibh.

RANN.

1 Moch 'sa mhaduinn 's mi dùsgadh, 'S mòr mo shùnnd 's mo cheòl - gàir - e, O' n a

3 Na 'n tigeadh tu rith - is, Bhiodh gach tighearn 'nan àit - e; 'S na'n

chual - a mi 'm Prionnsa Thigh 'nn do dhùth - aich Chlann Ànaill.

càir - icht' an crùn ort, Bu mhùirn - each do chàirdean.

SEISD.

Hug ó laithill o - ho - ro; Hug ó ro'n àill leibh; Hug ó laithill

RANN.

o - ho - ro; Seinn ó - ho - ro 'n àill leibh. 2 Gràinne - mullaich gach rìgh thu, Slàn gu'n

4 Na 'm faighinn mo dhùrachd, Bhiodh an

D.C.

till thu - sa, Theàrlaich; 'S ann tha'n fhìor-fhuil gun truailleadh Anns a' ghruaidh is mòr nàire.

Diùc air dhroch càramh; Ach fall - ain gu 'n ruig thu; Slàn gu 'n tig thu - sa, Thearlàich.

O, till, a leannain!

Air son S.S.C. A' chomh-sheirm le W. H. Murray.

Seisd.

O, till, a leannain; O, till, O, till! O, till, a leannain; O, till, O, till!

Fine.

Dean cabhag, a Mhali, a dùthaich nan Gallach, No théid mi le aimheal do'n chill, do'n chill.

Rann.

An cailin a dh' fhàg sinn Di - luain, Di-luain; 'S gle thric i o'n tràth sin 'nam smuain, 'nam smuain;

D.C.

Le mìn - bhasa geala, Cùl donn 's a caol mhala; Cha dùth dhomh bhi fallain o m'uan, o m'uan.

2 Bean òg nan sùl maothghorm, làn gràidh, làn gràidh;
Cha 'n ioghnadh 'ga h-ionndrainn, ged tha, ged tha;
Gleann Aora, glé mhiapaidh,
Fàs fàslachail, cianail;
Is dhòmhsa mar bhliadhna gach là, gach là.

3 Mar ghrian-ghathan Earraich do 'n t-saoghail, do 'n t-saoghail,
Bha fàilte o m' Mhali dhomh féin, dhomh féin;
An rìgh greas an là sud
A chì mi mar b' àbhaist
An cala ciùin sàbhailt, mo ghaol, mo ghaol!

4 O, gu bhi 'gad fhaicinn, a rùin, a rùin,
Uair eile tighinn dachaidh do 'n Dùn, do 'n Dùn!
Bhiodh dùdlachd a' gheamhraidh
Leam féin mar an samhradh,
'S mo chridhe a' dannsadh le mùirn, le mùirn.

Am Fiadh.

A' chomh-sheirm le
W. H. MURRAY.

O, c'àit' am fac - as, a' falbh air faich - e, A' siubhal leac - ainn no 'g astar sléibh,

Le'bhian dearg mais-each, le sheang-chruth bras-mhear, Bu bhòidhche pears-a na mac an fhéidh.

A chuinnean fiat - a 'sa ghaoith 's e dian-ruith Feadh thoman riabhach nan cian-bheann ceò;

Le àrd-uchd àluinn, le chabar cràc-ach, 'S le eangaibh sàr - chlis an àm na tòir.

Gur binn 'am chluasaibh an langan uaibhreach
A thig o 'n ruadh-ghreigh o 'n chruachan àrd ;
Gur grinn air fuaran an eilid chuannda,
'S a laogh mu 'n cuairt di ri luaineis bhàth.
An cluas gu claisteachd, an sùil gu faicinn,
An cinn 's an casan comh-ghrad gu léir ;
B' i 'n obair uasal a bhi 'gan cuartach,
'S a' caitheamh luaidhe le buaidh 'nan déigh.

Gur tric a dh' éirich mi 'shiubhal sléibhe
Roimh shoillse gréine, 's a rinn mo làmh
An làn-damh nuallach a chur 'na thuaineal,
'S a thoirt gu h-uallach o 'n fhuaran bhlàr.
Ach, nis, o 'n ghéill iad—mo neart's mo spéirid—
'S nach dean mi éirigh ach mall gu triall,
Cha tog mi aonach le gadhar aotrom,
'S cha dean mi faobhach air sraod nam bian.

Ho! mo leannan.

(For Unison Singing Competition.)

From "Songs of the Hebrides," p. 160. Waulking Song.

SEISD.

Hó! mo leannan, Hé! mo leannan, 'Se mo leannan

FINE.

am fear ùr, Hó! mo leannan, Hé! mo leannan.

RANN. (Le Aon Neach.) D.C.

'Se mo leannan, Gille Calum. Stiur - amaich' na daraich thu.

2 'Se mo leannan am fear dàna,
Dhìreas suas am bàrr an t-siùil.
Ho! mo leannan, etc.

3 A théid suas ri taobh an fhuaraidh,
A thig nuas air a cùl-taobh.
Ho! mo leannan, etc.

4 'Se mo leannan fear na h-àbhachd,
'S doirbh dhomh ghràdh a chur air chùl.
Ho! mo leannan, etc.

5 Marbhaisg air na gillean òga,
Tha cuid dhiubh gu seòlta diùid.
Ho! mo leannan, etc.

6 Gun tig cuid le ceòl 's le tartar,
Làn de thatadh fo do shùil.
Ho! mo leannan, etc.

7 Comhairle bheirinn féin air caileig,
Leannain a bhi aice triùir!
Ho! mo leannan, etc.

8 'S ged a dheanadh fear a fàgail,
Bhiodh a dhà aic air a cùl!
Ho! mo leannan, etc.

Am Muileann Dubh.

(For Unison Singing Competition.)

RANN.

Tha nead na cir - ce - fraoi - che, 'Sa Mhuileann dubh 'sa Mhuileann dubh;

Tha nead na cir - ce - fraoi - che, 'Sa Mhuileann dubh o Shamhradh.

SEISD.

Tha 'm Muileann dubh air thura - man Tha 'm Muileann dubh air thura - man,

Tha 'm Muileann dubh air thura man 'S e togairt dol a dhannsadh!

2 Tha iomadh rud nach saoil sibh
'Sa Mhuileann dubh, 'sa Mhuileann dubh;
Tha iomadh rud nach saoil sibh
'Sa Mhuileann dubh o Shamhradh!
Tha 'm Muileann dubh, etc.

3 Tha gobhair is crodh-laoigh
Anns a' Mhuileann dubh, 'sa Mhuileann dubh;
Tha gobhair is crodh-laoigh
Anns a' Mhuileann dubh o Shamhradh!
Tha 'm Muileann dubh, etc.

4 An cual' thu gu'n robh Snaoisean,
'Sa Mhuileann dubh, 'sa Mhuileann dubh;
An cual' thu gu'n robh Snaoisean
'Sa Mhuileann dubh o Shamhradh?
Tha 'm Muileann dubh, etc.

Mac Griogair o Ruadh-shruth.

A' chomh-sheirm le
W. MOODIE.

SEISD. *S. C. T.*

Tha mul - ad, tha mul - ad, Tha mul - ad 'gam lìonadh;

Tha mul - ad bochd, truagh orm Nach dual domh choidhch' dhìreadh.

*

Tha mul - ad, tha mul - ad, Tha mul - ad 'gam lìonadh,

Mu Mhac Griogair o Ruadh-shruth D'am bu dual bhi 'n Gleann Lìobhann.

RANN. *S. C. T.*

Mu Mhac Griogair o Ruadh-shruth D' am bu dual bhi 'n Gleann Lìobhann,

Mac Griogair o Ruadh-shruth.



'Gam bu suaicheantas giubhas
Ri bruthach 'ga dhìreadh,
Crann caol air dheagh locradh,
'S ite dhosrach an fhìr-eòin.
Crann caol air dheagh locradh,
'S ite dhosrach an fhìr-eòin;
Crann caol air dheagh shnaitheadh,
Cuid de aighear mhic rìgh e.
Tha mulad etc.

'S luchd a ghabhail mo leisgeil
Anns a' chaibeal so shìos uam,
Luchd a sheasamh mo chòrach
'S e mo leòn iad bhi dhìth orm.
Luchd a sheasamh mo chòrach,
'S e mo leòn iad bhi dhìth orm;
Mo chomh-dhaltan gaolach
An leabaidh chaoil 's an ceann ìosal.
Tha mulad etc.

'S mo chomh-dhaltan gaolach
An leabaidh chaoil 's an ceann ìosal,
An léine chaoil anairt
Gun bhannan, gun sìod oirr'.
An léine chaoil anairt
Gun bhannan, gun sìod oirr',
'S nach d' iarr sibh g' a fuaigheal
Mnathan uaisle na tìre.

SEISD.

* Tha mulad, tha mulad,
Tha mulad 'gam lìonadh,
Tha mulad bochd, truagh orm
Nach dual domh choidhch 'dhìreadh.
* Tha mulad, tha mulad,
Tha mulad 'gam lìonadh
Mu mhac Griogair o' Ruadh-shruth
D' am bu dual bhi 'n Gleann Lìobhann.

* Seinn an rann so air a' cheòl a tha tighinn an déigh nan comharradh so.

'S neo-shunndach leam m' aigne.

A' chomh-sheirm le
JOHN BELL.

'S neo-shunndach leam m'aigne o'n dhùisg mi 'sa mhaduinn, 'S mo shùil thar an aisig gu glas-bheinn a' cheò;

Mo dhùrachd bhi thall ud, bhi dlùth ris an ainnir, Le sùg · radh tairis 'ga tarruing a'm chòir;

M . . . . . .

Gur muladach m'inntinn, fo airsneul 's fo mhighean, Ag ionndrainn na h-ighneig is briodal a beòil;

rall.

O na chaidh mo ghaol lurach null thairis do Mhuile, Cha dean mi car tuilleadh ach tuireadh is bròn.

Ge sunndach 's ge h-éibhinn, 'san ùr-mhaduinn chéitein,
  Bhi dìreadh nan sléibhtean 's ag éisdeachd nan eòn ;
Ge h-ùrail an sealladh dealt dlùth is driuchd meala
  Bhi lùbadh gach meangain 's a' sreamadh gach feòirn ;
'S ann tha aobhar mo chùraim thar caol nan tonn dùghorm,
  Am bi luingeas a' brùchdadh fo thùchadh nan seòl ;
Mo dhùil ri dol thairis a null thar an aisig,
  'S gu 'n dùisginn an ainnir le aithris mo bheòil.

Mo dhùil ri dol thairis, 's mo shùil air a' chala ;
  Tha smùid thar a' bhaile mar bhadan de 'n cheò ;
Bu luaineach mo chadal le bruadair mu 'n ainnir
  Is suairce 's is ceanalt 's is banaile nòs ;
Gach dreach th' air an nighneig—O ! 's deacair dhomh 'n innseadh :
  Tha i farasda, finealta, inntinneach, òg ;
Mo rùn do chaol mhala, do mhìog-shùilean meallach,
  Deud gheal 'nad bheul tairis, gruaidh thana mar ròs.

Tha soirbheas air éirigh o bhruaillean nan speuran,
  Cur luingeas 'nan éiginn 's a' reubadh nan seòl ;
Cha 'n fhaodar leam aiseag o 'n chaochail an latha :
  Tha 'n caol 'na chaoir gheala 's muir ghreannach fo chròic.
Na 'm biodh agamsa sgiathan, 's mi shracadh an iarmailt,
  Ged a bhacadh gaoth 'n iar mi is iarguill nan neòl ;
'S gu 'm bithinn cheart aindeoin ri gualainn mo leannain :
  B' e m' ulaidh is m' aighear bhi teannadh g' a còir.

Le "Fionn."

Mo Ghille Dubh.

A' chomh-sheirm le
William Moodie, G.T.S.C.

Air son S. S. C.

Seisd. *Moderato.*

Mo thruaigh mi 's mar tha mi'n diugh, Mo thruaigh mi 's gur mulad - ach;

'Se 'n gaol a thug mi 'n ghille dhubh, A rinn an diugh mo leòn - adh.

Rann.

Gu'n tug mi spéis do'n àr - munn Am bothan beag na h-àir - idh,

'Se cuimhneachadh an dràsd air A dh'fhàg mi dubhach, bròn - ach.

2 Mur faigh mi e mar chéile,
Ni tuireadh 's bròn mo léireadh,
'S gun ni 'san t-saogh'l ni feum dhomh
As eugais gaol an òigeir.
Mo thruaigh mi, etc.

3 Ged tha mi nis gu cràiteach
'S a' caoidh o'n rinn thu m' fhàgail,
Gur tric a bha mi làmh riut,
'S mo chridhe 'snàmh an sòlas.
Mo thruaigh mì, etc.

4 O, thug mi gràdh nach caochail
Do dh'òigear an fhuilt chraobhaich;
'S a nis mur dean mi fhaotainn,
Gur neoni 'n saoghal dhòmhsa.
Mo thruaigh mi, etc.

5 Gur tric a bha sinn mùirneach,
Ged tha mi 'n dràsd gu tùrsach;
'S ma 's e 's gu'n tug e cùl rium
'San ùir bidh in' àite-còmhnuidh.
Mo thruaigh mi, etc.

Thug mi Gaol do 'n Fhear bhan.

A' chomh-sheirm le
W. S. Roddie.

Air son S. S. C.

Seisd.

Thug mi gaol, thug mi gaol; Thug mi gaol do 'n fhear bhàn; Agus gealladh dhuit-sa,

rit. Rann.

luaidh: O, cha dual domh bhi slàn. Chaidh am bà - ta troimh na caoil Leis na

D.C.

daoin - e Di - màirt; 'S mis-e phàigh am faradh daor: Bha mo ghaol air a clàr.

An Seisd mu dheireadh.

Thug mi gaol, thug mi gaol; Thug mi gaol do 'n fhear bhàn; 'S tha e nis an grunnd a' chuain

rit. Fine.

'S gur a fuar àite - tàimh; Tha e nis an grunnd a' chuain, 'S O, cha dual domh bhi slàn.

2 Chunnacas long air a' chuan,
'S i cur suas nan seòl àrd;
Nuair a dhiùlt i cur mu 'n cuairt,
Bha mo luaidh-s' air an t-snàmh.
Thug mi gaol, etc.

3 Tacan mu 'n do luidh a ghrian,
Bha mi 'm fianuis mo ghràidh;
Tha e nis an grunnd a' chuain—
O, gur fuar àite tàimh!
Thug mi gaol, etc.

4 Bha mi deas is bha mi tuath;
Bha mi 'n Cluaidh uair no dhà;
De na chunna mi fo 'n ghréin,
Thug mi spéis do 'n fhear bhàn.
Thug mi gaol, etc.

5 Cha téid mise 'thigh a' chiùil;
Thuit mo shùgradh gu làr
O 'na chualas thusa, rùin,
Bhi 'sa ghrunnd far nach tràigh.
Thug mi gaol, etc.

Hugaibh air nighean donn nam meall-shul.

A' chomh-sheirm le
AILEAN REID.

SEISD.

Hùgaibh air nigh'n donn nam meall-shul, 'S trom mo cheum an

FINE.

déigh mo leannain; Hùgaibh air nigh'n donn nam meall-shul.

RANN.

Mo nigh'n donn nam mala caol - a, 'S misde mi na thug mi gaol dhuit;

D.C.

Cha d'fhuair mi dhuit cron no aobh - ar Ach cho aomach 's bha do ghealladh.

2 Gur a lìonmhor mais' a' fàs ort
O mhullach cinn a nuas gu d' shàiltean;
Leis gach beus cha léir dhomh t' fhàillinn:
Thug thu bàrr air càch le ceanail.

3 Meur is foghlumt' air cur gréis thu;
Beul is binne 's grinne leughas;
'S tu mar smeòrach anns a' chéitean
Gabhail bheus air gheugan barraich.

4 Moire, 's i mo ghaol an rìbhinn!
Cas is deise theid troimh 'n rìdhle;
Mala caol mar it' an fhìor-eoin,
Deud geal ìbhri, dìonach, daingeann.

5 So mo litir 's giùlain uam i
Chun na rìbhinn thug mi luaidh dhi;
'S innis dhi nach toir mi fuath dhi
Gus an dean an uaigh mo sgaradh.

'S i luaidh mo chagair, Morag.

A' chomh-sheirm le
W. MOODIE.

RANN.

'S tu, Mhòrag rinn mo bhuaireadh, O chunnaic mi Di - luain thu Tha m'aigne leat a'

gluas - ad, 'S cha tàmh e mur bi buaidh leis; Mur géill thu bidh mi truagh dheth.

SEISD.

'S i luaidh mo chagair Mòr - ag; Mo ghaol 'sa mhaduinn Mòr - ag; Gu 'm

b' ait leam ag - am Mòr - ag, 'S gur taitneach leam a còmh - radh.

2 Do shaighdean rinn mo leònadh ;
'S iad chuir mi uil' a h-òrdugh ;
Cha bhi mi tuille 'n sòlas
Mur fàiltich thu le pòg mi,
'S do làmh a' gealladh còir ort.

3 Gu 'n till an t-uisg ri sléibhtean ;
Bidh sneachdadh dubh air gheugan
Mu 'n caochail air mo ghaol duit ;
'S tu m' annsachd 's mo dheo-ghréine,
'S cha tréig mi 'na mo chéill thu.

4 'S tu reul am measg nan òg-bhan ;
Do mhaise rinn mo leònadh ;
Do ghruaidh dh' fhàg fann na ròsan ;
Do dheud dh' fhàg glas na neòinein,
'S cha léir dhomh samhladh d' bhòidhchid.

5 Gur tric mi air mo ghluasad
'N àm cuimhneach air na h-uairean
Bha mis' is tus' a' cluaincas
'S a' ruith le ceuman luatha,
'S nach till iad tuillidh nuadh dhomh.

Foghnan na h-Alba.

A' chomh-sheirm le
IAIN BELL, Mus. Doc.

SEISD.

'S e Foghnan na h-Alba lus ainm-eil nam buadh ; Lus grinn nan dos calgach thug dearbh air bhi cruaidh;

FINE.

Sean suaicheantas mòr - ail tìr bhòidhich mo luaidh ; 'S tric dh'fhadaich a dheagh-chliu tein-éibhinn 'nam [ghruaidh.

RANN.

Lus deas nam meur cròcach nach leòn - ar le stoirm ; Ged 's ionann teachd geàrr air's laoch dàn - a fo airm.

D.C.

'S leis clòimh tha cho maoth-gheal ri faoileig na tràigh, 'S barr-ghucag cho ciùin-ghorm ri sùileau mo ghràidh.

2 Mo dhùthaich, cha 'n ioghnadh mòr chliù air thigh'nn uait,
'S a liuthad buaidh-làraich 's deagh ghnàth tha ris fuaight' ;
An cian is le Albainn luchd seanachais no bàrd,
Bidh meas air an dealbh anns gach gorm-bhonaid àird.

3 Sluagh borb, le droch rùn da, 's tric bhrùchd air a nuas ;
'S tric bhrùchd, ach, gun taing dhoibh, a cheann chum e suas ;
Nuair shaoil iad bhi buadhach, 's ann fhuair iad fàth bròin :
Feuch ! a' cinn thar an uaighean an cluaran gun leòn.

4 Mo bheannachd gu bràth air ! co 'n Gaidheal no 'n Gall
Nach seasadh gu bàs e g' a theàrnadh o chall !
Co, iosal no uasal, bheir cluas do mo dhàn,
Nach òladh leam "buaidh leis" o chuachana làn !

* Faodaidh na facail a tha eadar * agus * a bhi air an seinn le Tenor is Bas no le Tenor is Contralto am feadh a bhios na guthan eile tosdach no a' deanamh seirm.

Mo Roghainn a' Ghaidhlig.

Air son S. S. A.

A' chomh-sheirm le
W. S. Roddie.

Seisd.

Faill ith - ill ho ró; Faill ith - ill ho ró; Mo rogh - ainn a'

Ghàidhlig; Mo roghainn a' Ghàidhlig; Faill ith - ill ho ró; Faill ith - ill ho ró.

Rann

'S i chànain is binn - e Air uachdar a' chruinne Gu òr - an a ghabhail, Gu

Seisd.

òr - aid a labhairt; 'S gu 'n robh àdh air na sèoid Leis an àill i bhi beò.

2 'S i cànain na céille,
'S i cànain na féile,
'S i 'chànain is blàithe
Air bilean na màthar.

3 Cha robh riamh air an t-saoghal
Dream cho déigheil air saorsa
Ris na curaidhean dàna
Ghlaodhadh còmhrag 'sa Ghàidhlig.

4 O linn Eubha 'sa ghàradh
Cha robh òigh ann cho gràdhach
Ri finne nam blàth-shul
Dheanadh mànran 'sa Ghàidhlig.

5 Ge luachmhor an dìleab
Dh' fhàg Solamh an rìgh dhuinn,
Tha gliocas is àirde
An seanchas na Gàidhlig.

6 Théid an uiseag 's an smeòrach
Gu gogail 's gu ròcail
Mu 'n caill mi mo chàil do
Na h-òrain bhinn Ghàidhlig.

7 Gun oilean, gun nàire
Luchd-dearmad an cànain;
Flor uasal na sàir ud
Tha dìleas do 'n Ghàidhlig.

Iul an Eileanaich.

Air son S. S. C. C.

A' chomh-sheirm le
Mrs KENNEDY FRASER.



2 Bha dubh-neòil nan doinionn
A' siubhal nan speur,
Is fearann no fasgadh
Do 'n sgioba cha léir;
Ach gun mheatachd gun imcheist
Air cridhe nan sonn,
Shìor-ghleidh iad an gabhail
Air eilean nan tonn.

3 Deir am maraiche aosda
A shuidh air an ailm:
"Na strìochdaibh, mo ghillean,
Fo uamhar na stoirm;
Biodh ar n-earbsa gu daingeann
An Ard-righ nan dùl,
Oir dheònaich a mhaitheas
Na bheir soills' agus iùl."

4 Agus feuch! mar a labhair,
Air carraig nan stuadh,
Suas dh' éirich le dèarrsadh
Ard lòchran nam buadh;
An deur sin nach d' fhàsgadh
Le gàbhadh o shùil,
Shil an t-athair nuair thuirt e:
"A leanaibh mo rùin."

5 Is bha 'n leanabh cho sona
'S bu mhiannach le crìdh,
Nuair chunnaic i 'n t-eithear
An cala na sìth;
Agus b' aoibhneach a' choinneamh
Nuair ràinig i 'n tràigh
'S a ghlaodh i le aiteas:
"O, athair mo ghràidh."

Cuir a Chinn Dilis.

W. MOODIE.

SEISD.

Cuir, a chinn dì - lis, dì - lis, dì - lis, Cuir, a chinn dì - lis

thar - am do làmh; Do ghorm shùil thair - is a mhealladh nam mìl - tean

RANN.

B' amaideach mi nuair thug mi dhuit gràdh. Rinn deis - ead do phearsa nach fhacas a

thuairm - eas, 'G iomachd fo'n chuachchul tha cam - agach tlàth; Rinn dealradh do

D.C.

mhaise 'us lasadh do ghruaidh - ean Mis - e ghrad - bhual - adh thair - is gu làr.

2 Do dhearc shuilean glana, fo mhala gun ghruaimean
'S daingean a bhuail iad mise le d' ghràdh.
Do ròs-bhilean tana, séimh, farasda, suairce,
Cladhaichear m' uaigh mur glac thu mo làmh.

3 Thoir fuasgladh air m' anam, o'n cheangal is cruaidhe
Cuimhnich air t' uaisle, 's cobhair mo chàs;
Na biodhams' a'm thràill dhuit gu bràth o an uair so;
Ach tiomaich o chruas do chridhe gu tlàths.

4 Cha'n fhaodar leam cadal, air leabaidh an uaigneas,
'S m' aigne 'g a bhuaireadh, dh'oidhche 's a là;
Ach ainnir a's binne 's a's grinne 's a's suairce
Gabh-sa dhiom truas 'us bithidh mi slàn.

Laoidh Oisein do'n Ghrein.

W. H. Murray.

With dignity.

O thu - sa féin a shiubhlas shuas, Tha cruinn mar làn sgiath chruaidh nan triath,

Cia as a tà do dhèarrs' gun ghruaim, Do sho - lus a ta buan, a Ghrian?

Thig thu - sa mach 'nad áil - le thréin Is fal - uich - idh na reul an triall;

Théid ghealach sìos gun tuar o'n speur 'Ga cleath - a féin fo stuaidh 'san iar.

2 Tha thus a'd astar dol a mhàin,
Is cò dha'n dàna bhi 'ad chòir?
Feuch, tuitidh darag o'n chruaich àird,
Is tuitidh càrn fo aois is sgorr,
Is tràighidh agus lìonaidh 'n cuan,
Is caillear shuas an rè 'san speur
Tha thus' a'd aon a chaoidh fo bhuaidh
An aoibhneas bhuan do sholuis féin!

3 Nuair dhubhas dorch ma'n domhain stoirm,
Le torunn borb is dealan beur,
Seallaidh tu 'nad àill o'n toirm,
'S fiamh-ghàire 'm bruaillean mòr nan speur.
Ach dhòmhsa tha do sholus faoin
'S nach fhaic mo shùil a chaoidh do ghnùis,
A sgaoileadh cùil as òrbhuidh ciabh
Air aghaidh nial 's a mhadainn ùir.

4 A sgaoileadh cùil as òrbhuidh ciabh
Air aghaidh liath nan nial 's an ear,
No nuair a chritheas tu 's an iar
Aig do dhorsaibh ciar air lear.
Ma dh' fheudte gu bheil thu 's mi féin
'An àm gu treun, 's gun fheum 'an àm,
Ar bliadhnaibh tèarnadh sìos o'n speur
Le chéile siubhal chum an ceann.

5 Biodh aoibhneas ortsa féin a Ghrian
A thriath a'd òigc neartmhor tà!
Oir 's dorch' mi-thaitneach tha an aois,
Mar sholus faoin an rè gun chàil,
Bho neòil a sealltuinn air an raon,
'S an liath-cheò faoin air thaobh nan càrn,
An osag fhuar o thuath air réidh,
Fear siubhal dol fo bheud, 's e mall.

Ri Guaillibh a' Cheile.

D. Reid.

Melody by John M'Callum.
Harmonised by James Whyte, F.T.S.C.

Seisd.

Clanna nan Gàidheal ri guaillibh a' chéil - e, Faicibh a' tighinn iad 's farum 'n an ceuman;

Bratach na Gàidhlig tha nis air a sgaoileadh, Clanna nan Gàidheal ri guaillibh a' chéile.

Rann.

Anns na linntean a dh-fhalbh, le gnìomhachas treun, Am briathran neo-mhearachdach innsear an sgeul—

Choisinn Clanna nan Gàidheal mór urram 'us cliù Ri guaillibh a' chéile a' gluasad gu dlùth.

2 Tha eachdraidh na dùthcha a' cur dhuinn an céill,
Nuair 'bhagradh glas-ghuib 'chur air cànain an gaoil,
Mar dh'éirich iad suas, dh'aindeoin peanas 'us bàs,
A shaoradh an dùthcha bho chruaidh-chuing an tràill.
Clanna nan Gàidheal, &c.

3 Chaidh òrdugh Rìgh Sheumais a mach anns an tìr,
An cànain 's an dùthchas a bhristeadh a sìos;
Ach sheas iad gu dìlcas, 'us ghleidh iad gu slàn
An còirichean dùthchail an aghaidh gach nàmh
Clanna nan Gàidheal, &c.

4 Tha cunnartan fhathasd a' bagradh gu teann
Ar dùthchas 's ar cànain a chur bun os ceann;
Tha 'Ghàidhlig a' gearan, 's ag éigheach gu cruaidh,
Gu'm bheil cànain a' choigrich a' faotainn na buaidh.
Clanna nan Gàidheal, &c.

5 Tha seann chleachdan nan Gàidheal gu luath 'dol an dìth,
'Us dian-shruth an fhasain 'g an sguabadh a sìos,
'S mur togar a suas iad le oidhirpean teann,
Gu bràth tha iad caillte do shliochd Thìr nam Beann.
Clanna nan Gàidheal, &c.

6 A Chlanna nan Gàidheal! gabhaibh earail 's an àm—
Bi'bh dìleas d' ur dùthaich, d'ur cànain 's d'ur dream;
O! gleidhibh an dìleab a thugadh dhuibh slàn,
'Us deagh-chliù 'ur n-athraichean leanaibh a ghnàth.
Clanna nan Gàidheal, &c.

Cuachag nan Craobh.

Harmonised by J. BELL, Mus. Doc.
By permission of Messrs. Bayley & Ferguson.

A chuachag nan craobh, nach truagh leat mo chaoidh, Ag osnaich ri oidhche cheò - thar;

Shiùbhlainn le 'm ghaol fo dhubhar nan craobh, Gun duin air an t-saoghal fheòr - aich.

Thogainn ri gaoith am monadh an fhraoich, Mo leabaidh ri taobh dòr - ainn,

Do chrutha geal caomh bhi sìnnte ri m' thaobh, 'Us mise 'gad chaoin phòg - adh.

2 Chunna mi féin aisling, 's cha bhreug;
Dh' fhàg sin mo chré brònach,
Fear mar ri té, a pògadh a béil,
A' brìodal an déigh pòsaidh.
Dh' ùraich mo mhiann, dh' àth' rraich mo chiall,
Ghuil mi gu dian, dòimeach,
Gach cuisle 'us féith, o iochdar mo chléibh,
Thug iad gu leum còmhla.

3 Thuit mi le d' ghath, mhill thu mo rath,
Strìochd mi le neart dòrainn,
Saighdean do ghaoil sàitht' anns gach taobh,
Thug dhìom gach caoin còmhla.
Mhill thu mo mhais, ghoid thu mo dhreach
'S mheudaich thu gal bròin domh;
'S mur fuasgail thu tràth, le d' fhuran 's le d' [fhàilt',
Is cuideachd am bàs dhòmhsa.

4 'S cam-lubach t' fhalt, fanna-bhuidh nan cleac,
'S fàbhradh nan rosg àluinn;
Gruaidhean mar chaor, broilleach mar aol,
Anail mar ghaoth gàraidh.
Gu 'n cur iad mi steach an caol-thigh nan leac,
Bidh mi fo neart cràidh dheth,
Le smaointinn do chleas, 's do shùgradh ma [seach
Fo dhuilleach nam preas blàthmhor.

5 Càircar gu réidh clach agus cré,
Mu m' leabaidh-sa bhrigh t' uaisle—
'S fada mi 'n éis a' feitheamh ort féin,
'S nach togair thu gheug, suas leam.
Na 'm b' thusa bhiodh tinn, dheanainn-sa luim,
Mu 'm biodh tu fo chuing trnaighe,
Ach 's goirid an dàil gu 'm faicear an là,
'M bi prasgan a' càradh m' uaigh-sa!

Fhir a dhireas am Bealach.

(For Ladies' Voices.—S.S.A.)

Arranged by W. S. ROBBIE.

Slowly.

Fhir a dhìreas am bealach, Beir soraidh do'n ghleannan fo thuath, As in - nis do 'm leannan Gur maireann mo ghaol is gur buan; Fear eil - e cha ghabh mi, 'S chan fhuiling mi id - ir a luaidh; Gus an dean thu, ghaoil, m' àicheadh Cha chreid mi bho chàch gur fuath.

SEISD.

Air fail - ir - inn ill - ir - inn, Uill - ir - inn, O ho ro laoigh!

'S cruaidh fhortan gun fhios A chuir mis - e fo chuing do ghaoil.

2 Fhir nan gorm shùilean meallach
O'n ghleannan de 'm bitheadh an smùid
Ga 'm beil a chaoin mhala
Mar chanach an t-sléibh' fo dhrìùchd;
Nuair readh* tu air t-uilinn
Bhitheadh fuil air fear dhìreadh nan stùc;
'S na'm biodh tu, ghaoil, mar rium,
Cha b' anaid an céile leam thu.

3 Na faicinn thu tighinn
'S fios domh gur tusa bhitheadh ann;
Gun éireadh mo chridhe
Mar aiteal na gréin' thar nam beann;
'S gu 'n tugainn mo bhriathar,
Gach gaoisdean tha liath 'n a mo chcann,
Gu'm fàsadh iad buidhe,
Mar dhìthein am bruthaich nan allt!

4 Mur tig thu féin tuilleadh,
Gur aithne dhomh mhalairt a th'ann;
Nach eil mi cho beartach
Ri cailin an achaidh ud thall.
Cha tugainn mo mhisneach
Mo ghliocas is grinneas mo làimh,
Air buaile chrodh ballach
Is cailin gun iùl, na ceann.

(*Esan 'ga freagairt.*)

5 'S truagh nach robh mi 's mo leannan
'Sa chrannaig air stiùradh le gaoith,
No 'm bùthaig bhig bharraich
Aig iomall a ghleannain leinn fhìn.
No'n Lochlainn an daraich
Ri taobh na mara fo thuinn,
Gun chuimhn' air a chailin
A dh'fhàg mi air àiridh chruidh-laoigh!

* Reachadh—*poetically rendered.*

Gaelic words from "The Beauties of Gaelic Poetry."

An Coineachan.

For Ladies' Voices.—S.S.A. (A Fairy Lullaby.) Arranged by JAMES WHYTE, F.T.S.C.

Moderato. (Beating twice.)

Hó - bhan, hó - bhan, Goiridh òg, O, Goiridh òg, O, Goiridh òg, O,

Hó - bhan, hó - bhan, Goiridh òg, O, Gu'n d'fhalbh mo ghaol 's gun d'fhàg e mi.

2 Dh' fhàg mi an so 'na shìneadh e,
'Na shìneadh e, 'na shìneadh e;
Gu'n d'fhàg mi' n so 'na shìneadh e
'Nuair dh'fhalbh mi 'bhuain nam braoileagan.

3 Fhuair mi lorg an dobhrain duinn,
An dobhrain duinn, an dobhrain duinn,
Gu'n d'fhuair mi lorg an dobhrain duinn;
'S cha d'fhuair mi lorg mo chóineachain!

4 Fhuair mi lorg na h-eal' air an t-snàmh,
Na h-eal' air an t-snàmh, na h-eal' air an t-snàmh,
Gu'n d'fhuair mi lorg na h-eal' air an t-snàmh,
'S cha d'fhuair mi lorg mo chóineachain!

5 Fhuair mi lorg an laoigh bhric dheirg,
An laoigh bhric dheirg, an laoigh bhric dheirg;
Gu'n d'fhuair mi lorg an laoigh bhric dheirg,
'S cha d'fhuair mi lorg mo chóineachain!

6 Fhuair mi lorg a' cheò 'sa' bheinn;
A' cheò 'sa' bheinn, a' cheò 'sa' bheinn;
Ged fhuair mi lorg a' cheò 'sa' bheinn
Cha d'fhuair mi lorg mo chóineachain.

Mairi Bhan Og.

Words by Duncan Ban Macintyre.

Arranged for Tenor, Baritone, and Bass, by W. S. Roddie.

Tenor. *Lively.*

A Mhàiri bhàn òg 's tu 'n òigh th 'air m'aire, Ri m' bheò bhi far am bith'nn fhéin,

Baritone.

Bass.

O'n fhuair mi ort còir cho mòr 's bu mhaith leam Le pòsadh ceangailt o'n chléir,

Le cùmhnantan teann 's le bann - tan daingeann Le snaoim a dh'fhanas 's nach tréig,

rit. *tempo.*

'S e t'fhaotainn air làimh le gràdh gach caraid, Rinn slàint - e mhaireann am' chré.

2 Chaidh mi do'n choill' an robh croinn 'us gallain,
Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,
'S bha miann mo shùl do dh' fhiùran barraicht'
An dlùths nam meanganan suas;
Geug fo bhlàth o 'bàrr gu talamh,
A lùb mi farasda nuas;
Bu duilich do chàch gu bràth a gearradh,
'S e 'n dàn domh 'm faillean a bhuain.

3 'S e b' fhasan leat riamh bhi ciallach, banail,
Ri gniomh, 's ri ceanal mna-uails';
Gu pàirteach, bàigheil, bláth, gun choire,
Gun ghìomh, gun ghainne, gun chruas;
Gu déirceach, daonntach, faoilidh, farasd',
Ri daoine fanna, bochd, truagh;
Is tha mi le d' sheòl an dòchas ro-mhath,
Gur lòn do t' anam do dhuais.

4 Na'm faighinn an dràsd do chàradh daingeann
An àite falaicht' o'n eug;
Ged thigeadh e d' dhàil, 'us m' fhàgail falamh,
Cha b' àill leam bean eil' ad dhéigh:
Cha toir mi gu bràth dhuit dranndan teallaich,
Mu 'n àrdaich aileag do chléibh,
Ach rogha gach mànrain, gràdh 'us furan,
Cho bláth 's a b' urrainn mo bheul.

5 Dheanainn duit ceann, 'us crann, a's t-earrach
An àm chur ghearran an éill,
'Us dheanainn mar chàch air tràigh na mara
Chur àird air mealladh an éisg;
Mharbhainn duit geòidh 'us ròin, 'us eala,
'S na h-eòin air bharra nan geug;
'S cha bhi thu ri d' bheò gun seòl air aran,
'S mi chòmhnaidh far am bi féidh.

Maili Bheag Og.

Harmonised by W. H. MURRAY.

With pathos.

Nach truagh leat mi 's mi 'm prios - an, Mo Mhail - i bheag òg!

Do chàirdean a' cur binn orm, Mo chuid de 'n t-saoghal thu;

A bhean na mal - a min - e 'S nam pòg - an mar na fiog - uis,

Is tù nach fhàgadh shìos mi, Le mì - run do bheòil.

2 Di-dòmhnaich anns a' ghleann duinn,
Mo Mhaili bheag òg,
'Nuair thòisich mi ri cainnt riut,
Mo chuid de 'n t-saoghal mhòr;
'Nuair dh' fhosgail mi mo shùilean,
'S a sheall mi air mo chùlthaobh,
Bha marcaich' an eich chrùthaich
Tigh'nn dlùth air mo thòir.

3 Is mise bh' air mo bhuaireadh,
Mo Mhaili bheag òg,
'Nuair thainig sluagh mu 'n cuairt duinn,
Mo rìbhinn ghlan ùr;
Is truagh nach anns an uair sin
A thuit mo làmh o'm ghualainn,
Mu 'n d' amais mi do bhualadh,
Mo Mhaili bheag òg.

4 Gur bòidhche leam a dh' fhàs thu,
Mo Mhaili bheag òg,
Na 'n lili anns an fhàsach,
Mo cheud ghràdh 's mo rùn;
Mar aiteal caoin na gréine
Am maduinn chiùin ag éiridh,
B'e sud do dhreach 'us t' eugais,
Mo Mhaili bheag òg.

5 Is truagh a rinn do chàirdean,
Mo Mhaili bheag òg,
'Nuair thoirmisg iad do ghràdh dhomh,
Mo chuid de 'n t-saoghal thu;
Na 'n tugadh iad do làmh dhomh
Cha bhithinn anns an àm so
Fo bhinn air son mo ghràidh dhuit,
Mo Mhaili bheag òg.

Creag Ghuanach.

Words by D. M'Donald. Harmony by W. H. Murray.

Seisd.

Air minn o iom ó ro, Iom ó agus iom ó ro,

Air minn o, na iom ó ro, Is aoibhinn leam an diugh na chì.

Fine.

Rann.

Creag mo chridh'-sa a' chreag Ghuanach, Chreag an d'fhuair mi greis de m' àrach;

Creag nan aighean 's nan damh siùbhlach, A' chreag ù - rail, aigheareach èanach.

D.C.

2 Chreag mu 'n iathadh an fhaoghaid,
Bu mhiann leam a bhi 'ga taoghal,
'Nuair bu bhinn guth gallain gadhair
A' cur greigh gu gabhail chumhainn.

3 Eilid bhinneach, mheargannt, bhallach,
Odhar, eangach, uchd ri h-àrd;
Damh togbhalach, croic-cheannach, sgiamhach,
Cronanach, ceann-riabhach, dearg.

4 Creag mo chridh'-sa, a' chreag Ghuanach,
'S ionmhuinn leam an lòn tha fo ceann;
Is annsa an lag air a cùlaibh,
Na machair is mùr nan Gall.

5 'S truagh an diugh nach beò an fheadhainn,
Gun ann ach an ceò de 'n bhuidhinn,
Leis 'm bu mhiannach glòir nan gadhar,
Gun mheoghail, gun òl, gun bhruidhinn.

Note.—These verses are from "Oran na Comhachaig," a poem by D. M'Donald, one of the old hunter bards of Lochaber. He lived about 1550. Creag Ghuanach is near Loch Treig.

Cha dirich mi Bruthach.

Words by GEORGE CAMPBELL. Air of "Màiri Dhubh." Harmony by ALAN REID.

Slowly.

Cha dìrich mi bruthach, 's cha shiùbhail mi còmh - nard, Tuillidh ri m' bheo, is mo
Ach éisdidh mi ghàir thig o bhàrr nan tonn mò - ra, 'S dh' fhuiling mi bròn gu

smeòrach 'na tàmh,
leòir air do sgàth. } Oir chunnaic mi 'n t-eithir a feitheamh na h-uair', Is

mhealladh i bhuam - sa gruagach mo ghràidh; Ma sgaradh o chéile sinn,

rall. et sost.

b' éibhinn an uaigh, Seach an - shocair bhuan, is gun bhuaidh aig a' bhàs.

2 A mhaighdean is bòidhche na smeòrach 'sa Chéitein,
'Soilleir an sgeul tha r' a leughadh an dràsd,—
Ged 's bòidheach an conasg, gur stobain gu léir e,
'S faicilleach théid gach creutair 'na dhàil.
Le soirbheas 's le sruithean mar ghuidhinn, a' d' dhéigh,
Gach caladh an téid thu, 'gheug an fhuilt thlàth,
Bidh mise trom dubhach air tulaich leam fhéin,
'S mi sruthadh nan deur gu geur air do sgàth.

3 Nach fuirich thu, 'ribhinn phrìseal, phrìseal,
Fuirich a ribhinn is dìlse na càch,
A mhaighdean is luraiche, fuirich a 'n Ile,
Og-bhean is dìlse a chì mi gu bràth.
Ma tha thu gun fhortan, cha 'n 'eil tochradh a dhì orm,
Airgiod no nì ged nach 'eil ann ad làimh,
O bheir mi mo mhionnan nach fhaic thu mo mhì-thlachd,
'S gheibh thu bhuam sì-chainnt, seirc agus gràdh.

From "An t-Oranaiche," p. 259.

Failte do 'n Eilean Sgitheanach.

Words by NEIL MACLEOD. Prize Melody by HENRY WHYTE. Harmony by JOHN BELL, Mus. Doc.

O! fàilt' air do stùcan, Do choireachan ùdlaidh, Do bheanntainean sùghmhor, Far an siùbhlach am meann!

rall. e dim. *a tempo.* *rall.*

Tha 'n geamhradh le dhùbhlachd Mu na meallaibh a' dùnadh, 'S gach doire le bhùirean, Air a rùsgadh gu bonn.

Is chì mi an Cuilionn, Mar leóghann gun tioma, Le fhiasaig de 'n t-sneachd, Air a phasgadh m'a cheann;

rall.

'S a ghruaidhean a' srùladh Le easan - an smùideach Tha tuiteam 'nan lùban Gu ùrlar nan gleann.

2 O! c' àit bheil na gaisgich
A dh' àraich do ghlacan,
Bu shuilbhire macnus
Mu stacan a' cheò?
Le fùdar 'g a sgailceadh
Bho 'n cuilbheirean glana,
'S na mial-choin 'nan deannaibh
Nach fannaich 's an tòir.
Na laoich nach robh meata
Ri aodann a' bhatail,
Nach aomadh gu taise
Ri caismeachd an nàmh;
Cha 'n 'eil raon agus machair
Air 'n do sgaoil iad am bratach,
Nach d' fhàg iad an eachdraidh
Gun mhasladh d'an àl.

3 Ach tha 'm fàrdaichean sguabte
'S an seòmraichean uaine;
Iad fhéin is an gaisge
'Nan cadal fo 'n fhòid;
'S tha osag nam fuar-bheann
Le h-osnaidhean gruamach,
'G an caoidh mu na cruachan,
'S a' luaidh air an glòir.

O! c' àit bheil gach sòlas
Bha agam 'nam òige,
Toirt meal' as na ròsan
Mu d' chòsagan tlàth?
Tha companaich m' eòlais
Air am fuadach bho 'n còmhnuidh,
Tha mhil air a deòghal
'S na ròsan gun bhlàth.

4 Ach 's caomh leam do ghleanntan,
Do shrathan 's do bheanntan,
'S an ceò tha 'na chadal
Air baideal nan àrd;
Na ciabhagan torach,
Na sròn agan corrach,
'S na sruthain ri coireal
Do 'n eilid 's d' a h-àl.
Gu ma buan a bhios t' eachdraidh,
Agus clìù aig do mhacaibh,
Gus an crìonar an talamh
'S am paisgear na neòil!
Fhad 's bhios sìoban na mara
A' bualadh air carraig,
Bidh mo dhùrachd gun deireas
Do dh' Eilean a' Cheò!

Cagaran Gaolach.

Old Lochaber Lullaby. (LADIES' CHOIR.) Arranged by JULIAN H. W. NESBITT, A. Mus. T.C.L.

1st TREBLE.

Cag - ar - an, cag - ar - an, cag - ar - an gaolach,

2nd TREBLE.

p Hm. . . . . *pp* . . . . . .

ALTO.

rall.

Cag - ar - an foghainteach, Fear de mo dhaoin - e, Goididh e gobhar dhomh,

Hm. . . . . .

goididh e caoir - ich; Goididh e cap - ull is mart o na raointean.

Hm. . . . . .

2 Cagaran laghach thu, cagaran caomh thu,
Cagaran odhar, na cluinneam do chaoine;
Goididh e gobhar, is goididh e caoirich;
Goididh e sithionn o fhireach an aonaich.

3 Dean an cadalan 's dùin do shùilean;
Dean an cadalan beag ann mo sgùrdaich:
Rinn thu an cadalan, 's dhùin do shùilean;
Rinn thu an cadalan; slàn gu 'n dùisg thu!

NOTE.—The Second Treble and Alto to hum the accompaniment softly with closed lips and well-marked rhythm.

Buain na Rainich.

Verse 1: traditional.
Verses 2-6 by HENRY WHYTE.

(LADIES' CHOIR.)

1st SOPRANO. SEISD.

Tha mi sgìth 's mi leam fhìn, Buain na rainich, buain na rainich,

2nd SOPRANO and ALTO.

Tha mi sgìth 's mi leam fhìn, Buain na rainich daonn - an.

RANN.

Cùl an tomain, bràigh an tomain, Cùl an tomain bhòidh - ich,

Cùl bràigh, Cùl bhòidh - ich,

Cùl an tomain, bràigh an tomain, H-uile lath - a 'm òn - ar.

Cùl bràigh, H-uile lath - a 'm òn - ar.

2 'S tric a bha mi fhìn 's mo leannan
Anns a' ghleannan cheòthar,
'G ćisdeachd còisir bhinn an doire
Seinn 'sa' choille dhòmhail;

3 O na 'm faicinn thu a' tighinn,
Ruithinn 'dhol 'nad chòdhail,
Ach mur tig thu 'n so g' am shireadh,
Ciamar thilleas dòchas?

4 Anns an t-sìthean O gur sgìth mi;
'S tric mo chridh' 'ga leonadh,
Nuair bhios càch a' seinn nan luinneag,
Cha dean mis' ach crònan.

5 'S bochd nach robh mi leat a rithist,
Sinn a bhitheadh ceòlmhor,
Rachainn leat gu cùl na cruinne,
Air bhàrr tuinne seòladh.

6 Ciod am feum dhomh bhi ri tuireadh,
Dé ni tuireadh dhòmhsa,
'S mi cho fada o gach duine
B' urrainn tighinn g' am chòmhnadh.

7 Cùl an tomain, bràigh an tomain,
Cùl an tomain bhòidhich,
Cùl an tomain, bràigh an tomain,
H-uile latha 'm ònar.

NOTE.—The words corresponding to "Cùl" and "bràigh" (verse 1) to be sung by 2nd Soprano and Alto in the other verses after the same fashion, in rondo style. Thus: in verse 3 use "O," "thu," "Rnithinn," "ach," and "so."

Laoidh na Rioghachd.

EAD. le K. W. GRANND. National Anthem.



2 Eirich a Thriath nam feart;
Eirich, a Dhé ar neart;
Do 'n Rìgh thoir sìth:
Tog Thusa suas do Làmh,
Buadhaich thar neart gach nàmh,
Deònaich do 'n Rioghachd Tàmh
Ré làith' an Rìgh!

3 Tiodhlacan maith do stòir
Gu fialaidh saoibhir dòirt
Air ceann an Rìgh;
Gu 'n dìon e 'n lagh 's gach teinn,
Rath fior gu 'm bi r' a lìnn:
A shlòigh gu sìor gu 'n seinn—
Deagh-shlàint do 'n Rìgh!

Is trom leam an airigh.

Words by ROB DONN.
Andante.

Prize Harmony (Mod of 1896)
by JOHN BELL, Mus. Doc.

rall.

Is trom leam an àirigh 's a ghàir so a th' innt', Gun a phàirtidh a dh' fhàg mi an dràsd air mo chinn, Anna

pp a tempo.

chaol-mhalach mhin-bhasach, shliob-cheannach, chruinn, Is Iseabal a bheòil mhilis, mhanranach, bhinn.

rall. *pp*

Heich mar a bhà, air mo chinn, A dh'fhàg mi cho cràiteach 'snach stà dhomh bhi 'g inns'.

2 Gu 'n d' shiubhail mis a' bhuaile 's a suas feadh nan craobh,
'S gach àit' anns am b'àbhaist bhi pògadh mo ghaoil;
'N uair chunnaic mi 'm fear bàn ud 's e 'mànran r'a mhnaoi,
Is b' fheàrr leam nach tiginn idir làmh riu no'n gaoith.
'Se mar a bha, air mo chinn,
A dh' fhàg mi cho cràiteach 's nach stà dhomh bhi 'g ìnns'.

3 O'n chualas gu 'n ghluaiseadh tu bhuam leis an t-saoir,
Tha mo shuain air a buaireadh le bruadraichean gaoil;
De 'n chàirdeas a bha sud cha 'n fhàir mi bhi saor,
Gun bhàrnaigeadh làmh riut, tha 'n gràdh dhomh na mhaor,
Air gach tràth, 's mi an strì
A feuchainn r'a àicheadh 's e fàs rium mar chraoibh.

4 Ach labhair i gu fàiteagach, àilghiosach rium;
Cha 'n fhàir thu bhi làmh rium do chàramh mo chinn;
Tha siathnar 'g am iarraidh o bhliadhna de thìom,
'S cha b' àraidh le càch thu thoirt bàrr os an cinn.
Ha, ha, ha! an d' fhàs thu tinn!
'Ne 'n gaol-s' a bheir bàs ort! gu 'm pàidh thu d' a chinn!

5 Ach cionnas bheir mi fuath dhuit, ged dh' fhuaraich thu rium,
'N uair 's feargaich' mo sheanchas mu t' ainm air do chùl,
Thig t' iomhaigh le h-annsachd 'na shamhladh 'nam ùigh,
Is saoilidh mi an sin gu 'n dean an gaol sin an tùrn.
'S théid air a ràth gu h-as-ùr,
Is fàsaidh e 'n tràth sin cho àrda ri tùr.

Mo shuil a'd dheigh.

Arranged by
JOHN BELL, Mus. Doc.

CHORUS. (SKYE VERSION.)

O chòin! mo chail - in 's mo shù - il a'd dhéigh;

A chail - in, mo chail - in, 's mo shù - il a'd dhéigh,

A Lil - i, mo Lil - i, 's mo shùil a'd dhéigh,

rall.

Cha léir dhomh am beal - ach le sil - eadh nan deur.

1 Gun d'éirich mi mochthrath maduinn an dé
'S gu 'n gheàrr m'n ear-thalmhainn do bhrìgh mo [sgéil;
An dùil gu 'm faicinn-sa rùn mo chléibh;
Ochòin! gu 'm facas 's a cùlaibh rium féin.

2 Na 'm bitheadh sud agam, mo lùgh 's mo leum,
Mi 'm shuidhe aig bealach 's mo chù air éill,
Gu 'n deanainn-sa cogadh gu làidir, treun
Mu 'n leiginn mo leannan le fear tha fo 'n ghréin.

3 'S ann ormsa tha 'm mulad 's am fiabhrus mòr,
O 'n chualas gu 'n deach' thu le Brian an t-òg;
Mo chomunn cha dean mi ri mnaoi 'san fheòil,
O 'n rinn thu mo thréigsinn 's mi fhéin a bhi beò.

4 O! cha 'n 'eil uiseag 's na speuraibh àrd,
No ian anns doire d' am b' eòl mo ghràdh,
Nach 'eil nis ri tuireadh a dh' oidhche 's a là,
O 'n chualas gu 'n ghlacadh mo chailin air làmh.

Thogainn fonn air Lorg an Fheidh.

Words by Capt. Patrick Campbell. Arranged by W. H. Murray.

Verse.

'S miann le breac a bhi 'n sruth cas, 'S miann le boc bhi 'n doir - e dhlùth

'S miann le eil - id bhi 'm beinn àrd, 'S miann le sealg - air falbh le 'chù.

Chorus.

Bheir mi hó air mor - a hó, Ith - ill ó air mor - a hé;

Bheir mi hó air mor - a hó, Thogainn fonn air lorg an fhéidh.

2 Nithean sin do 'n d' thug mi spéis,
'S bu mhiannach leam iad bhi am chòir;
Mo ghunna glaic air deagh ghleus,
Dìreadh ri beinn, is bean òg.
Bheir mi, &c.

3 'S nithean sin da 'n tug mi fuath,
Do bhean luath 's do chù bhiodh mall,
'S do shean daoine nach biodh glic;
'S do bhean bhig nach altrum clann.
Bheir mi, &c.

4 Bu mhiann leam ri latha fuar,
Dìreadh suas ri aonach cas,
'N uair a thilginn mac an fhéidh,
Coin air éill, 's ga 'n leigeil as,
Bheir mi, &c.

5 Leam bu mhiann bhi 'siubhal bheann,
Osan teann a bhi mu m' chos;
Brogan iall is gunna cruaidh,
Eilid ruadh is cù m'a dos.
Bheir mi, &c.

Taobh Abhainn Aora.

Words by EVAN M'COLL. Arranged by W. MOODIE.

CHORUS.

Mo chiad mìl - e beannachd air An èit - eag chiùin chean - alt - a,

rit.

Bha leam - sa glé leann - anach, An raoir, taobh Abh - ainn Aor - a.

VERSE.

Mo rùn a chail - eag Mhorairneach, Dh' fhag iom - a òg - bhean farmadach

rit.

'S na gill - ean chleachd bhi sealg oirre A nis air lorg mo ghaoil - sa.

2 Fhir leis nach toigh bhi dealachadh
Ri d' chridhe, fan bho 'n chailin ud,
Air neo cha 'n fhada dh'fhanas tu
Gun leòn nach leighis leigh dhuit.

3 Bean òg na pearsa dhàicheil i,
Bean òg a' chridhe chàirdeil i,
Bean chaoin a bheulain blàth-bhinn,
'S na deud mar dheàrrsa gréine.

4 Gu h-uile dhreach mo leannain-sa
A mholadh mar bu mhath leam dhuibh,
'S ann dh' fheumainn spiorad rannaireachd
Sean fhilidhean na Féinne.

5 Tha i gu leir cho fhurailteach
Cho gaolach, aobhach, fhuranach,
'S gu 'm bheil mi féin a h-uile là,
'Dol tuille 's tuille 'n déigh oirr'.

* NOTE.—The first four measures of the Verse may be sung in two parts alternately. Thus: in the First Verse and first two measures,—Soprano and Contralto; then, in the two measures following,—Tenor and Bass. In the Second Verse, reverse the order—men's voices first line of verse, and women's voices the second line; and so on till the last verse is reached, when all four voices sing together.

This melody is from the 1st Prize Compilation of Unpublished Tunes, Mòd of 1906, by Miss ANNETTA C. WHYTE.

TEST SONG.

Och nan Och! 's mi fo leireadh.

Words by MARY M'LEOD, Harris. (Old Historical Lament.) Arranged by JOHN BELL, Mus. Doc.

RANN. *Softly and slowly.*

1 Och nan Och 's mi fo léir - eadh, Mar a dh'éir - ich do'n ghais - geach
2 Bha mi uair nach do shaoil mi, Ged is faoin bhi 'ga ag - radh,
3 Fhad 's a sheasadh an stiùr dhi, 'S tu air cùl a buill bheair - te,
4 Fhad 's a dh'fhanadh ri chèil - e, A cuid dhealgan 's a h-ac - uinn,
5 Ach bi 'n doinnionn bha iarg - alt, Le gaoth 'n iar-thuath 's cruaidh fhras - an

Cha'n 'eil seal - gair na sìth - ne, 'N diugh am frìth nam beann cas - a!
Gu 'n rach - adh do bhàth - adh, Gu bràth air cu - an fars - uinn.
Dh' aindeoin àn - radh nan dùil - ean, Agus ùp - raid na mar - a.
Is gum b'urr - ainn dhi gèill - eadh Do d' lamh threun air an aig - eann.
Thog i mhuir 'na mill dhu - ghorm, 'Smuais i 'n iur - ach 'na sad - an.

SEISD.

Hù - o - ro hó io hó hùg oireann-o, Hó - a - o hù, éi - le e hó,

hó bhà,

pp

Hù - o - ro hó io hó io hó bhà, Hó ro bha, Hiu ra bhó,

Hú o ro hó io hó bhá, Hó ro bha, Hiu ra bhó, Hiu o ró,

ALTO AND BASS *Hum.*

rall. e dim.

Hú - o - ro hó io hó hùg oireann-o, Fàill - ill - ó làill io hó, io hó.

Hm. . . . . Fàill - ill - ó làill io hó.

An teid thu leam a righinn og.

NEIL M'LEOD. Arranged by JOHN BELL, Mus. Doc.

SEISD.

An téid thu leam a rìgh - inn òg, A rìgh - inn òg, a rìgh - inn òg, An

rall. FINE.

téid thu leam a rìgh - inn òg, A null gu Tìr nam Beann - tan?

RANN.

Chì thu 'n ròs a fàs fo 'n driuchd, 'S a mhil ag éir - igh suas 'na smùid, Bidh

rall. *D.C.*

eòin nan geug a' seinn dhuinn ciùil, Le sunnd an Tìr nam Beann - tan.

2 Chì thu 'n gleann 's an robh mi òg,
'Nuair bha mo chridhe maoth gun ghò
Mu 'n d'fhuair mi eòlas riamh air bròn,
No leòn an Tìr nam Beanntan.

3 Chì thu creagan gruamach àrd,
Na neòil a' sguabadh air am bàrr,
Bidh fuaim nan allt a' ruith le gàir,
Gu tràigh an Tìr nam Beanntan.

4 Gheibh thu càirdeas, blàths is mùirn,
Is chì thu caoimhneas anns gach sùil,
Tha iochd is bàigh a' snàmh an gnùis
Gach dùil tha 'n Tìr nam Beanntan.

5 Siùbhlaidh sinn, mata, le deòin,
Tha 'n samhradh caoin air teannadh oirnn,
Tha choill 's am fraoch is blàth an fheòir—
'N an glòir an Tìr nam Beanntan.

NOTE.—The above form of the melody is taken from Mod Prize Compilation by Miss A. C. Whyte

Oidhche Mhath Leibh.

JOHN M'FADYEN. Arranged by JOHN BELL, Mus. Doc.

SEISD. 3

Soraidh leibh is oidhche mhath leibh; Oidhche mhath leibh, beannachd leibh;

rall. FINE.

Guidheam slàinte ghnàth bhi mar ribh; Oidhche mhath leibh, beannachd leibh.

RANN.

Cha'n 'eil inneal ciùil a ghleusar, Dhuisgeas smuain mo chléibh gu aoibh,

D.C.

Mar ni duan o bheòil nan caileag; Oidhche mhath leibh, beannachd leibh.

2 'S guth gu m' chridhe pong nan òran,
Caidir sòlais òigridh seinn;
Aiteal ciùin air làithean m' òige;
Sonas a bhi 'n còmhnuidh leibh.

3 Mathair uisge 'n tobair fhìoruisg,
Cainnt ar sinnsir, brìgh na loinn;
'S faochadh tlàth o ànradh m' inntinn
'Nuair bheir rann na glinn a'm 'chuimhn'.

4 Grian cha laigh an nochd air mìltean
Leis am binn a fuinn 's a roinn,
'S do 'm bi 'n sgeul 'na mhòr-thoil-inntinn
Dh' ìnnseas dhaibh gu 'n robh sinn cruinn.

5 Astar cuain cha dean ar sgaradh,
'S dùrachd daimh am bannaibh toinnt;
Gleidh' an t-àgh na dh' fhàg a bheannachd:
Oidhche mhath leibh, beannachd leibh.

6 Thuit ar crann air saoghal carach;
'S coma sud, tha mhaitheas leinn;
"Bidh sinn beò an dòchas ra-mhath:"
Oidhche mhath leibh, beannachd leibh.

Is toigh leam a' Ghaidhealtachd.

IAIN CAIMBEUL. (For Ladies' Choirs.—S.S.A.) W. S. RODDIE.

Is toigh leam a' Ghàidhealtachd; 'S toigh leam gach gleann; Gach eas agus

coir - e an dùth - aich nam beann; Is toigh leam na gill - ean 'nan

éid - eadh glan ùr, Is boin - eid Ghlinn-Gar - aidh mu'n cam - a - gan dlùth.

CODA an déigh an roinn mu dheireadh.

p dim. rit.

'S i dh'ionn - saich sinn tràth ann an làith - ean ar n-òig,

Hm.

SOPRANO AND ALTO *Hum.* *rit.*

'S nach fàg sinn gu bràth gus an laigh sinn fo'n fhòid.

Hm.

2 Is toigh leam 'nan deis' iad o'm mullach gu'm bonn,
Am breacan, an t-osan, an sporan 's an lann;
Is toigh leam iad sgeadaicht' an éideadh an tìr,
Ach 's suarach an deise seach seasmhachd an cridh'.

3 Sheas iad an dùthaich 's gach cùis agus càs,
Duais-bhrathaidh cha ghabhadh ged chuirt' iad gu bàs;
'S ged shàraicht' an spiorad 's ged leagta an ceann,
Bha 'n cridhe cho daingeann ri carraig nam beann.

4 Is toigh leam na h-igh'nagan 's b' ainneamh an t-àm
Nach bithinn 'nan cuideachd 'n uair gheibhinn bhi ann;
'S na 'm faighinn-se té dhiubh a dùthaich mo chridh',
Gu'n siùbhlainn-se leatha gu iomall gach tìr.

5 Is toigh leam a' Ghàidhlig, a bàrdachd 's a ceòl,
Is tric thog i nìos sinn 'n uair bhiodhmaid fo leòn,
'S i dh'ionnsaich sinn trath ann an làithean ar n-òig,
'S nach fàg sinn gu bràth gus an laigh sinn fo'n fhòid.

Mac og an Iarla Ruaidh.

(For Ladies' Choirs.—S.S.A.)

W. S. Roddie.

Seisd.

Hillinn ill - inn iu ho - rò, Hill - inn ill - inn iu ho - rò, Hill - inn ill - inn,

Fine. Rann.

iu ho - ró Hill - inn ó hug ó - ro - i. Cha téid mise chaoidh le m' dheòin,

Gu mac òg an Iar - la Ruaidh; Gus an cuir a' bheinn ud shìos,

D.C. || Last line of Chorus at the close. ||

f cres. ad lib.

Cùlaobh ris a' bheinn ud shuas. Hill - inn ó hug ó - ro - i.

2 Cha téid mise chaoidh le m' dheòin,
Gu mac òg an Iarla Ruaidh;
Gus an dean an eala bhàn,
Nead gu h-àrd air bhàrr nan stuadh.
Cha téid mise chaoidh le'm dheòin,
Gu mac òg an Iarla Ruaidh;
Gus an cuir am bradan breac,
Tri chuir mhear an crò nan uan.—*Seisd.*

3 Thog a muime thall a ceann—
"'S gòrach leam do chainnt, a luaidh;
Bheir thu gaol roimh Fheill-an-ròid,
Do mhac òg an Iarla Ruaidh.
Cainnt nan òg-bhean tha mar dhrùchd,
A ni grian a shùghadh suas;
Mu 'n tig Samhuinn bidh tu pòsd',
Aig mac òg an Iarla Ruaidh.—*Seisd.*

4 A' bheinn ud shìos 's a' bheinn ud shuas,
Cha do charaich riamh 's cha ghluais;
Ach thug Màiri gaol gun ghò,
Do mhac òg an Iarla Ruaidh.
Tha 'n eala gur 'san eilean bhàn,
'S am bradan tarra-gheal feadh a' chuain;
'S tha Màiri nis 'na cèile phòsd',
Aig mac òg an Iarla Ruaidh.—*Seisd.*

French.

Old Gaelic Psalm Tune from Ross-shire.

Psalm lxv. 1.

Noted down and arranged in Four-part Harmony by JOSEPH MAINZER in 1844.

PRECENTOR. *p* CHOIR.

Tha ann an Si - on feitheamh ort, Tha ann

an Si - - - - - - - - - *f*

p

- on feith - - - eamh ort,

PRECENTOR. *p* CHOIR.

Moladh, a Dhé, gun dìth, Mol - - adh,

pp

a Dhé, gun dìth:

NOTE.—Tenors may sing the Precentor's Part in Unison.

French.


Precentor.
f Choir.
'S ann duit a dhìolar fòs gu pailt, 'S ann
duit a dhìol - ar
p
fòs gu - - - - pailt,
Precentor.
p Choir.
A' bhòid mar gheallar i.
pp A bhòid
f
p
mar gheall - - ar i.

Mi 'm shuidhe am onar.

LE SOMHAIRLE CAMSHRON,
Raineach.

Prize Harmony by JOHN BELL, Mus. Doc.,
at Mòd of 1911.

Mi 'm shuidhe am òn - ar, air tulaich bhòidh-ich, 'S mi gabhail ò - rain, cha téid e leam,

Mo chridh' an còmhnuidh, mar chloich air mòintich, Is mòran seòil aig air dol gu grunnd,

Gu grunnd cha téid e gun fhios do'n eucaig, 'S ma ni i réit - e gur fheàirrd a' chuis,

'S mur tagh i féin mi, gur leis an eug mi, Le shaighdean geur - a tigh'nn orm as ùr.

2 Do shlios mar chanach, no bréid an anairt,
No sneachd air bharraich, gun dol gu làr ;
Do ghruaidh dhearg thana, mar chaorunn meangain,
Fo d'shùil ghorm, mheallach, gun ghiomh, gun sgàth.
Tha maise d' aodainn thar chlann nan daoine,
'S e dh'fhàg mi daonnan cho fad a d'ghràdh ;
O thig le d' ghaol, 's thoir a glaic an aoig mi,
No dh' aindeoin dhaoine gu 'm faigh mi bàs.

3 Bha mis' am òige car tamull gòrach,
Nis tha mi deònach air cinntinn glic,
Tha àm gu bròn, agus àm gu sòlas,
'S e 'n dara seòl air 'n do chaochail mis' ;
'Nis glacam seòlta mo ribheid cheòlar,
O'n tha mo shòlas a ris air teachd,
Is théid mi chomhnuidh gu tulaich bhòidhich
'S bidh mi mar smeòraich a' seinn gu beachd.

Clann nan Gaidheal.

Air fonn—"Tha tigh'nn fodham éirigh."

Gaelic Words by NEIL M'LEOD. Arranged by JOHN BELL, Mus. Doc.

♩ = 50.

1. Siol nan sonn 's nan cu - raidh-ean, Bha 'n tìr an fhraoich a' tuin - each-adh, A

5. Gu ma buan is mair - eann-ach, Bhios cliù nam fiùr - an caith-ream - ach; Is

dhion a cliù gu h-urr - a - mach, 'S nach fuil - ing-eadh an eu - coir.

fhad's bhios grian is geal - ach ann, Bidh aith - ris air an euchd - an.

REFRAIN. *pp* *p* *mp* *mf*

Tha tighinn fodham, fodham, fodham, Tha tighinn fodham, fodham, fodham;

Hm. . . . . , ...

f *ff* *ad lib.* FINE.

Clann nan Gaidheal tha tighinn fodham, Is fogh - ain - teach an euchd - an.

pp

2. 'S ged tha 'n àl air tan - ach - adh, Is muir is tìr 'g an deal - ach - adh, Tha

Hm. . . . . .

Clann nan Gaidheal.

cres. and accel. *f* *Repeat Refrain.*

cairdeas blàth 'g an teann - ach - adh, Le carth - ann - as nach tréig iad.

Hm.

TENOR, 1st and 2nd BASS. *mp* *cres.*

3. Cha dìobair iad am fear - al - achd, No rìogh - al - achd an sean - air - ean, 'S an

Repeat Refrain.

gaol do thìr an ath - raich - ean, Ged sgar - adh iad o chéil - e.

p

Hm.

4. Tìr chorr - ach stùc - ach ghleann - an - ach, Mu 'n tric na féidh 's an lang - an - aich, 'S an

Repeat Refrain.

Hm.

ceò a' sniomh mu bearr - aidh - ean 'Na mheall - an geal 's a' chéit - ein.

Elgin.

Old Gaelic Long Tune. Mainzer's Pianoforte Arrangement. Adapted by W. H. Murray.

Psalm LXXII., 17, 19.

Precentor.

Bidh 'ainm-san buan gu suthainn sìor, Bidh 'ainm
Beannaicht' gu robh gu sìorruidh buan, Beann - - - - aicht'

-san buan gu
gu robh gu

suth - - - - - - ainn sìor,
sìor - - - - - - ruidh buan

Precentor.

Co-mhaireann ris a' ghréin ; Co - - - - - - mhair - - -
'Ainm glòrmhor uasal féin ; 'Ainm glòr - - - -

- eann ris a'
- mhor uas - - - - - al

Elgin.


Precentor.
ghréin ; Is annsan beannaichear gach slògh ; Is
féin ; Lionadh a ghlòir gach uile thìr, Lion - - -
ann - - - san beann - - - aich -
- adh a ghlòir gach
- - - ear gach slògh ;
uil - - - - e thìr,
Precentor.
'S beannaichear leo e féin. 'S beann - - - - aich - - - -
Amen a - gus A - men. A - - - - - - men
- ear leo e féin.
a - - - - gus A - - - - men.

Braigh Rusgaich.

(Glen Urquhart Hunting Song.)

Words collected in the Glen by Mr Wm. MacKay.
Air supplied by Miss Kate Fraser.

Arranged by W. S. Roddie.

1. Ge l is socrach mo leabaidh, Cha'n e cadal 'tha shùrd orm,
2. Farr ann minn - ic a bha mi, Iomadh là air bheag cùr - - om;

D.C.

B'anns' bhi suainnt' ann a'm bhreacan, Ann an glaiceagan Rùs - - gaich.
Bhiodh mo ghunn - a fo m'achlais, Cumail fasgaidh o'n driùchd oirr'.

Chorus.

Ho - rò, hù bhinn, ho - rò, Ho - rò hù bhinn ò,

ff pp ff rall. D.C.

Ho - rò bhi, ho - rò bhi, Ho - rò hù bhinn ho - rò.

3 Cha b'e glagraich na sraidean
So a b' àbhaist mo dhusgadh,
Ach an ceilear bu bhòidhche
Aig na h-eòin am Braigh Rùsgaich.

4 Bhiodh a' chuthag air chreagan
'S i toirt freagairt do'n smùdan.
Co is urrainn a chantuinn
Nach bi mi fathast an Rùsgaich!

Coda *after last verse.* *cres - - cen - - do.*
Ho - rò bhi, ...

ff ff

Ho - rò bhi, ... Hù bhinn ho - rò, Ho - rò bhi,
Ho - ro bhi, . . . Hù bhinn ho - ro, Ho - rò bhi,

Ho - rò bhi, Hù bhinn ho-rò, Ho - rò bhi,

ff pp (Echo.) pp ff rall.

ho - rò, bhi, ho - rò bhi, ho - rò bhi, Ho - rò hù bhinn ho - rò.

NATIONAL LIBRARY

GAELIC Publications.

Price SIXPENCE—SOL-FA.

GAELIC KINDERSPIEL.

DÙSGADH NA FÉINNE

DEALBH-CHLUICH AIR SON NA CLOINNE.

Le K. W. G.

The PHONETICS of the GAELIC LANGUAGE,

with an Exposition of the Current Orthography, and a System of Phonography. By MALCOLM MAC FARLANE. *Cloth Boards, 1/6.*

"All who take any intelligent interest in our old and beautiful language, should get this book and study it carefully . . . the only work worth using that our generation has yet seen."
—*Oban Times.*

A' CHOISIR CHIUIL (The Gaelic Choir)

The St. Columba Collection of Gaelic Songs,

Arranged for Part-Singing.

Parts, *6d.* each. Five Parts in One Vol., *Cloth 2s. net.* Staff or Sol-fa.

NEW PART—*Part VI. Now Ready. Staff or Sol-fa, 6d. each.*

COISIR A MHÒID:

The Mòd Collection of Gaelic Part Songs (1896-1912).

Published for An Comunn Gaidhealach by J. & R. Parlane, Paisley.

Staff or Sol-fa, *Price 1/- net.* Post Free, *1/2.*

ORAIN GHAIDHLIG. Twelve Gaelic Songs.

With Pianoforte Accompaniments.

BY CHARLES R. BAPTIE.

Price 1s. net.

PARTS I. and II.

AN LÒNDUBH (THE BLACKBIRD)

A Collection of Gaelic Songs, with Music, in Two-Part Harmony.
(SOL-FA)

Each Part, Price 2d. net.

This book is intended for use in the Schools of the Highlands; but all the Songs are suitable for Adults.

J. AND R. PARLANE, PAISLEY.

JOHN MENZIES AND CO., LTD., EDINBURGH AND GLASGOW.
MADGWICK, HOULSTON AND CO., LTD., LONDON.